Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Taigh-Òsta nan Ceithir Ràithean
An Aghaidh Mhòr

Dihaoine 14 Sultain 2007 @ 2.30f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh a tha gu bhith air a cumail ann an Tàigh-Òsta nan Ceithir Ràithean, An Aghaidh Mhòr bho 2.30f, Dihaoine 14 Sultain 2007

Clàr-Ghnothaich

3.2007.01 GNOTHAICHEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

(b) Leisgeulan

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd
Tha geàrr-chunntas den choinneimh a chaidh a chumail air 29 Cèitean 2007 air a chuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chlàr ceart den choinneimh.

(d) Gnothaichean ag èirigh
Faodaidh buill puing sam bith a thogail a tha ag èirigh bhon gheàrr-chunntas.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Ghnìomh
Tha geàrr-chunntas den choinneimh na buidhne-ghnìomh a bha air a cumail air 14 Cèitean air a chuairteachadh mar fhiosrachaidh. Faodaidh buill puing sam bith a thogail a tha ag èirigh bhon gheàrr-chunntas.

3.2007.02 GNOTHAICHEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a-rèir Phlana-Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 2005-10
Tha geàrr-iomradh an cois seo a' mìneachadh adhartais a thaobh nan amasan anns a' Phlana Leasachaidh air a cuairteachadh. Faodar puing sam bith a thogail air na tha sgrìobhte anns a' gheàrr-iomradh.

(b) Molaidhean bhon choinneimh a chaidh a chumail eadar am Bòrd agus an Luchd-obrach
Tha Plana Gnìomh air chuairteachadh le adhartas gu ruige seo, air na molaidhean a chaidh a chur air adhart aig a' choinneimh eadar am Bòrd agus an Luchd-obrach. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird an t-adhartas a chomharrachadh agus faodar puing sam bith a thogail air na tha sgrìobhte anns an aithisg.

(c) Acadamaidh nam Fèisean
Bidh buill a' Bhùird eòlach air na còmhraidhean a chaidh a chumail roimhe mun chuspair seo, agus gun deach Meòrachan Còrdaidh aontachadh le Fèisean nan Gàidheal, an RSAMD, OGE agus Sabhal Mòr Ostaig airson plana Acadamaidh nam Fèisean a thoirt air adhart. Tha am pàipear deasbaid air chuairteachadh a-rithist anns an pàipearan airson coinneimh den Bhuidheann Ghnìomh ma chùl fhiosrachaidh, agus thig riochdaire bho Creative Services dhan choinneimh airson barrachd mhìneachaidh a thoirt do bhuill a' Bhùird air a' bheachd agus an dòigh anns am bi gnothaichean a' dol air adhart.

3.2007.03 GNOTHAICHEAN IONMHAIS

(a) Aithisg Ionmhais
Tha aithisg air a cuairteachadh le teachd a-steach agus teachd a-mach Fèisean nan Gàidheal gu 3i Iuchar 2007. Tha liosta de na tabhartasan a tha air gealltainn dha na Fèisean airson 2007-00 na lùib airson fhiosrachaidh. Faodar ceist sam bith fhaighneachd.

(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire
Bidh am fiosrachadh seo ri fhaotainn aig a' choinneimh.

(c) Cunntasan Ràitheil gu 30 Ògmhios 2007
Tha MacNeacail agus Co air cunntasan ullachadh airson gu 30 Ògmhios 2007, a tha an lùib nam pàipearan. Thathar ag iarraidh gun gabhadh buill a' Bhùird ris na cunntasan.

(d) Cunntasan gu 31 Màrt 2007

Tha na cunntasan suas gu deireadh a' Mhàirt 2007 air an cuairteachadh airson gun gabhadh buill a' Bhùird riutha mas tèid am moladh dhan Choinneimh Bhliadhnail.

(e) Modhan Ionmhais airson Fèisean nan Gàidheal

Tha pàipear le dreach modhan ionmhais air a chuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird beachdachadh air a' phàipear agus gabhail ri le atharraichean sam bith a thèid a mholadh le na buill.

3.2007.04 GNOTHAICHEAN POILEASAIDH

(a) Taghadh Buill a' Bhùird

Chaidh aontachadh a' coimhead as ùr ris an dòigh anns a bheil buill a' Bhuird air an taghadh agus an ùine anns a bhitheas iad air a' Bhòrd. Tha aithisg ghoirid bhon Cheannard air cuairteachadh, air aontachadh leis a' Bhuidheann Ghnìomh, agus thathar ag iarraidh iar buill aontachadh ris a' phàipear seo.

(b) Duaisean Chiùil Traidiseanta na h-Alba – Maoineachadh

Chaidh iarraidh oirnn leis an fheadhainn a tha a' cur air dòigh na Duaisean Chiùil Traidiseanta, a' beachdachadh air am maoineachadh airson na duais 'Talla na Cliùteach' aig na duaisean bhliadhnail. Chosgadh seo £400 agus cha bhiodh again ach gealltanas aon bhliadhna a thoirt daibh aig an ìre seo. Tha an duais seo aig àrd ìre a-measg nan duaisean agus thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird aontachadh ri seo ma fìor deagh chothrom ìomhaigh na buidhne àrdachadh.

3.2007.05 GNOTHAICHEAN LUCHD-OBRACH

(a) A' fastadh luchd-obrach agus measaidhean

Tha an Ceannard air aithisg ghoirid ullachadh a' mìneachadh adhartas anns na dreuchdan a tha air a bhith bàn againn a lìonadh, agus pròg ram de mheasaidhean airson luchd-obrach airson fiosrachaidh.

(b) Pròg ram de thaisbeanaidhean bhon luchd-obrach

Chaidh aontachadh gum bu chòir pròg ram de thaisbeanaidhean bhon luchd-obrach a bhith air a chur air dòigh. An lùib nam pàipearan tha molaidhean le clàr-ama co-cheangailte riutha. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird gabhail ris na molaidhean neo molaidhean eile a chur air adhart.

3.2007.06 GNOTHAICHEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Luchd-Obrach

Tha aithisgean bhon luchd-obrach air an cuairteachadh ann an dreach ùr a thathar an dòchas a bhios a' toirt seachad dealbh nas fheàrr air na targaidean a tha aig a' bhuidheann ri choileanadh. Faodar ceist sam bith fhaighneachd.

(b) Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail 2007

Tha pròg ram airson na coinneimh bhliadhnail agus co-labhairt air chuairteachadh airson fiosrachaidh do bhuill a' Bhùird.

(c) Iarrtas Ballrachd Fèisean nan Gaidheal

Thathar ag iarraidh gun gabhadh ri iarrtas airson ballrachd de dh'Fhèisean nan Gàidheal bhon RSAMD. Tha an t-iarrtas aca air cuairteachadh airson fiosrachaidh.

3.2007.07 EILE

(a) Coinneamh a' Bhuidhinn Ghnìomh

Chaidh na pàipearan air fad bhon choinneamh den Bhuidheann Ghnìomh a chaidh a chumail air 20 Lùnastal an cuairteachadh air post-d a-mhàin. Faodar ceist neo beachd sam bith a thogail mun deidhinn.

(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh

Thèid an ath choinneimh a cumail ann an Inbhir Nis air 3 Dùbhlachd.

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-Chunntas na coinneimh a chaidh a chumail ann an Talla Bhàgh a' Chaisteil, Eilean Bharraigh, bho 6f, Dimàirt 29 Cèitean 2007
Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 3.2007.01(c)

2.2007.01 GNOTHAICHEAN TÒISEACHAIL

(a) An Làthair
Ceitidh Àdhamh (Cathraiche), Seòras Stoddart (Rùnaire), Laura Green, Mìcheal Sweeney, Ealasaid Nic Ille Bhàin, Alasdair Dòmhnallach, Seasaidh Newton, Peigi NicIllInnein, Alasdair MacLeòid (Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean), Art MacCarmaig (Frithealadh), Daibhidh Boag (Frithealadh), Anna Willoughby, (Frithealadh), Calum Ailig MacMhaolain (Frithealadh – eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan
Peigi NicNeacail (Iar-cathraiche), Sìne NicNèill, Iain Mac a' Ghobhainn (Comhairle Ealain na h-Alba), Morag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Dòmhnall Iain MacSuain (Comhairle an Eilean Siar)

Chaidh fàilte a chur air Peigi NicIllInnein mar bhall ùr den Bhòrd.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh
Bha geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air 26 Gearran 2007 air a chuairteachadh, agus mhol Ealasaid Nic Ille Bhàin gabhail ris mar chunntas ceart den choinneimh agus chaidh seo aontachadh gu h-aona ghuthach.

(d) Gnothaichean ag èirigh
Bha Daibhidh Boag air a mholadh airson na h-obrach a rinn e a' cur consartan Ceòl nam Fèis air adhart airson deireadh na h-Ògmhios.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann-Ghnìomh
Bha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den bhuidhinn-ghnìomh a chaidh a chumail air 14 Cèitean 2007 air a chuairteachadh mar fhiosrachaidh. Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas.

2.2007.02 GNOTHAICHEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a-rèir Phlana-Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 2005-10
Bha geàrr-iomradh an cois nan pàipearan a chaidh a sgaoileadh a' mìneachadh adhartais a thaobh nan amasan anns a' Phlana Leasachaidh againn ann an dreach ùr, anns a' Bheurla a-mhàin. Bha an dreach air atharrachadh leis gun robh sinn air targaidean nam prìomh bhuidhnean mhaoineachaidh - Comhairle Ealain na h-Alba (CEA) Iomairt na Gàidhealtachd (InG), Bòrd na Gàidhlig (BnG), A' Ghàidhealtachd 2007 (H2007) agus Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) - a bharrachd orra-san a chaidh a chur air adhart le Fèisean nan Gàidheal fhèin a chur innte.

Chaidh fàilte a chur air an geàrr-iomradh leis buill a' Bhùird.

Bha na h-aithrisean a leanas ann:

- Thug Art MacCarmaig iomradh air a' phròiseict le Fèis an Earraich ag obair còmhla ri Àrd Sgoil Phort-Rìgh le taic bhon Iomairt Chiùil na h-Òigridh.
- Bha an tagradh a chaidh a-steach gu Stòras Chrannchur Dualchais soirbheachail agus chaidh £50k a' tairgse dhuinn. Tha an còrr den airgead airson a' phròiseict air gealltainn dhuinn mu thràth.
- Thuirt Peigi NicIllInnein gun robh Pròiseact Dràma Leòdhais agus na Hearadh air a bhith soirbheachail. Bha Fèis Eilean an Fhraoich a ruith trì clasaichean ann an dràma. Bha Daibhidh agus Art gu bhith a coinneachadh ri Bòrd na Gàidhlig an ath Dhiardaoin airson bruidhinn mu deidhinn dreuchd le neach-ceumnachaidh dràma a stèideachadh.

2.2007.03 GNOTHAICHEAN IONMHAIS

(a) Aithisg Ionmhais

Bha aithisg air a cuairteachadh le teachd a-steach agus teachd a-mach Fèisean nan Gàidheal gu 30 Giblean 2007. Cuideachd bha liosta de na tabhartasan a bha air gealltainn dha na Fèisean airson 2007-08 na lùib mar fhiosrachaidh. Chaidh gabhail ris an aithisg.

(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire

Bha na suimean a leanas againn anns a' bhanca:

- Cunntas làitheil: £18,472.27
- Cunntas le riadh: £58,419.93
- £70,000 air a cuir air riadh airson dà mhìos
- £30,000 air a cuir air riadh airson aon mhìos

(c) Cunntasan Ràitheil gu 31 Dùbhlachd 2006

Bha MacNeacail agus Co air cunntasan ullachadh airson nam mìosan gu 31 Màrt 2007, agus bha iad air an cuairteachadh mar fhiosrachaidh. Gabh buill a' Bhùird ri na cunntasan.

2.2007.04 GNOTHAICHEAN POILEASAIDH

(a) Blas Festival Ltd

Aig a' choinneimh mu dheireadh, chaidh iarraidh air buill a' Bhùird ainmean a chur air adhart mar stiùirichean a' chompanaidh ùr – Blas Festival Ltd – agus bha aithisg ghoirid bhon Stiùiriche air a cuairteachadh a' sireadh co-dhùnadh air cò air am bu choir dhuinn a bhith ag amas mar riochdairean Fhèisean nan Gàidheal.

Chaidh ainmean Art MhicCarmaig agus Daibhidh Boag air an cur air adhart leis a' Bhòrd mar riochdairean còmhla ri Seòras Stoddart, a bha air a chur air adhart mar Chathraiche. Chaidh seo a mholadh le Seasaidh Newton le taic bho Ealasaid Nic Ille Bhàin.

Bha timcheall air dà choinneamh 'sa bliadhna gu bhith ann agus bhiodh dithis riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd agus riochdaire bho PAN air a' Bhòrd ùr cuideachd.

Cha robh sgeul air teisteanas clàraidh airson VAT airson Blas Festival Ltd bho MacNeacail agus Co fhathast, ach bha seo uairean a' toirt suas ri dà sheachdain dheug.

2.2007.05 GNOTHAICHEAN POILEASAIDH

(a) Atharrachaidhean anns an t-siostam taghaidh airson luchd-stiùiridh

Bha an Stiùiriche air pàipear ghoirid ullachadh mar chùl-fhiosrachaidh anns a' Bheurla a-mhàin, le dealbhan, a' mìneachadh dòighean anns an gabhadh structar luchd-obrach Fhèisean nan Gàidheal atharrachadh. Bha taisbeanadh ann bhuaithe agus bha làn chothrom aig na buill na molaidhean a dheasbad, le sùil gun gabhadh latha eile a chur air dòigh leis an luchd-obrach agus buill a' Bhùird còmhla.

Bha an Cathraiche airson atharraichean a' dèanamh air cuid de tiotalan aig luchd-obrach, gu sònraichte gum bu chòir do dh'Art MacCarmaig a bhith air ainmeachadh mar Cheannard an àite Stiùiriche airson gum biodh eadar-dhealachadh eadar stiùirichean a' Bhùird agus daoine ann an dreuchd. Chaidh a mholadh le Seòras Stoddart gum bu chòir dhan oifigear a tha a' dèiligeadh ri cùram chloinne a bhith fo stiùir na h-àrd-oifigear ach le ceangal ri trèanadh.

Chaidh aontachadh gum bu chòir latha eile a chur air dòigh far am b'urrainn don Bhòrd coinneachadh ris an luchd-obrach, agus gum bu chòir an cothrom a ghabhail trèanadh a cheannach a-steach do bhuill a' Bhùird. Bha na buill airson gum biodh an coinneamh seo ann an Inbhir Nis.

A bharrachd air seo, thog an Cathraiche còmhradh mun dòigh as fhèarr buill a' Bhùird agus Cathraiche a thaghadh neo an cur an dreuchd, agus an ùine a bhios iad a' toirt seachad air a' Bhòrd. Bha seo airson a' dèanamh cinnteach gun d'rachadh comasan dhaoine an glèidheadh taobh a-staigh na buidhne. Chaidh

aontachadh gum bu chòir barrachd chòmhraidh a bhith ann aig a' choinneimh a bhitheas ann an Inbhir Nis.

2.2007.06 GNOTHAICHEAN OBRACHAIDH

(a) Aithisgean Luchd-Obrach

Bha aithisgean bhon luchd-obrach air an cuairteachadh. Thug buill à' Bhùird taing don luchd-obrach airson na h-ithisgean aca. Bha Peigi NicIllInnein airson taing mhòr a thoirt do Fiona NicAonghais a bha gu bhith a' fàgail a dreuchd airson a dhol a theagasg ann an Obar-Dheathain.

Chaidh fàilte a chur air molaidhean do dh'Iomairt nam Fèisean bho Phatricia NicFhearghais BPA ann an deasbad anns a' phàrlamaid air cèol traidiseanta.

(b) Co-labhairt agus Coinneamh-Bhliadhnail 2007

Thèid Co-labhairt agus Coinneamh-Bhliadhnail 2007 a chumail anns an Aghaidh Mhòir air 14 agus 15 Sultain. Bhathar ag iarraidh air buill a' Bhùird beachd sam bith mun phròg ram airson na dà latha a chur air adhart.

Bha Fèis Spè a' moladh gu bu chòir dhuinn a' dol gu taigh-tasgaidh Ceann a' Ghiùthsaich. Bha Linda Fabiani, Alex Salmond, Jean Urquhart, Willie Rowe agus Richard Holloway air an chur air adhart mar gheàrr-liosta de dh'ainmean airson neach-labhairt aoigheachd le moladh gum bu chòir dhuinn iarraidh air Linda Fabiani air thoiseach air chàich.

(c) Taghadh Luchd-Stiùiridh

Chaidh gabhail ri dearbhadh gur i Peigi NicIllInnein a bhiodh a' riochdachadh nan Eilean Siar air a' Bhòrd an dèidh do Thomaidh Dòmhnallach tarraing às an taghadh.

2.2007.07 EILE

(a) Coinneamh nam buidhne-ghnìomh

Chaidh na pàipearan air fad bho choinneamh den Bhuidheann Ghnìomh an cuairteachadh air post-d a-mhàin. Cha do thog duine ceist sam bith.

(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh

Bidh an ath choinneimh anns an Aghaidh Mhòir air 14 Sultain.

Thug Ceitidh Àdhamh taing dhan a h-uile duine airson a bhith an làthair agus cuideachd do Chalum Ailig MacMhaolain airson eadar-theangachaidh a dhèanamh. Thuirt i gun robh i a' coimhead air adhart ri dìnneir còmhla ri muinntir Fèis Bharraigh na b' fhaide air adhart air an fheasgair.

Fèisean nan Gàidheal

Minutes of the meeting of the Executive Group held in Cluanie Inn, Cluanie on Monday 20 May from 4.00pm
Agenda item: 3.2007.01(e)

EX2.2007.01 PRELIMINARIES

(a) Present
Katie Adam (Fèis a' Bhaile, Chair), George Stoddart (Fèis sa Mheadhan, Secretary/Treasurer), Peggy Nicolson (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Director), David Boag (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Finance & Administration Officer), Alasdair MacLeod (Highlands & Islands Enterprise).

(b) Apologies
Alasdair MacLeod (Highlands & Islands Enterprise), Morag Anna MacLeod (The Highland Council), Ian Smith (Scottish Arts Council).

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval
The minutes were approved as a true record.

(d) Matters arising
There were no matters arising.

EX2.2007.02 PROJECT UPDATES

(a) Bòrd na Gàidhlig contract 2007-08 (verbal)
David Boag provided updates on Bòrd na Gàidhlig contract 2007-08. He reported that Calum Alex was progressing well with Gaelic Developments. Douglas was involved with the Drama Festivals and working closely with Eden Court and others on the summer school proposals. There had been no applicants for the post of Drama Officer.

(b) Training Programme (verbal)
The Director reported that uptake for *Cùrsa Inntrigidh* was ongoing and Gaelic grammar lessons for staff were continuing with another day planned for 28 August. Four participants had attended the tutor-training weekend in Inverness in August. Iona was attending a GASD meeting in Edinburgh to outline progress with professional development courses for Gaelic Arts administrators. The programme for the Fèis Trèanaidh was going to be ready in September, while subject-specific courses had still to be arranged.

(c) YMI contracts (verbal)
The YMI contracts for East Lothian and Highland were continuing. The Director reported that there was an overspend on the YMI budget in Highland due to increased spending on resources last year. It was anticipated that this could be recovered this year as only all P6 are to be covered whereas last year it included P5 as well. This should mean fewer tutors and fewer instruments being needed.

(d) Blas Festival Progress Report (verbal)
Tickets sold through The Booth were ahead of last year at the same time and 45,000 brochures had been distributed. Additional funding may be required due to the increased costs of Harvest. Cèilidh Trail musicians had represented Blas at Runrig's *Beat the Drum* event the previous weekend.

There were potential sponsors from the cruise down Loch Ness that had been organised to coincide with *Beat the Drum* and the Director was to follow these up.

It was reported in reply to a question that local Blas promoters are responsible for postering in their own areas. Peter Kane was responsible for press & PR for all events, including the Harvest concerts.

(e) Website Developments (verbal)
The new website was up and running and all content was bilingual. Fèisean nan Gàidheal were also looking after the Blas and Fèis Rois websites. Pages required to be populated and Chris DePlano will be doing this initially. Board members requested notification of new information being posted onto the website.

There would be a presentation at the Annual Conference in September on the new website from Chris so that its full potential could be outlined for members.

(f) Cèol nam Fèis concerts 2007 (verbal)
David Boag reported that the four concerts planned in Perth, Banchory, Glasgow and Edinburgh, had been a great success with regard to quality. Audiences could have been better and David mentioned that the timescale had been a problem from a marketing point of view. Larger venues such as Perth Theatre could include events in their brochures but more time had to be allowed to plan these events.

EX2.2007.03 STAFFING ISSUES

(a) Relocation of Inverness offices (verbal – Arthur/David)
The Director reported that the lease had been signed for the new offices in Inverness. David was going to organise removals and decorators once the entry date had been confirmed.

(b) Job Vacancies (verbal - Arthur)
The Director reported that interviews for the advertised vacancies were to take place the following week. It was agreed to e-mail Executive Group members the details of all the applicants to allow them to be short-listed.

(c) Outcomes of Board/Staff meeting to discuss staffing structure (verbal – Arthur)
A joint meeting of the Board and Staff of Fèisean nan Gàidheal had been held in Inverness on Tuesday 14th August 2007 and the Director gave a brief report outlining what had been discussed, actions to date and a suggested timeline for further actions.

David was to e-mail new job descriptions for Lead Officer roles. It was suggested that a quote for trustee liability cover should be provided at the next Board meeting, and that an internal 'brainstorming' workshop be organised to kick off the risk assessment register.

The recommendations for Board meetings were (a) to establish a base and investigate the use of remote technology (b) agree a programme of presentations/to allow staff the opportunity or request to attend (c) the AGM was a good opportunity for Board/Staff time. Board skills database to be updated.

The Feisean nan Gàidheal Fèis Dates leaflet was to be re-designed.

EX2.2007.04 FINANCIAL ISSUES

(a) Financial Report (circulated)
A report from the Finance Officer had been circulated. A brief funding update was given for all projects not covered elsewhere on the agenda. The majority of funding outstanding for 06/07 had now been paid out and £41,046 had been received in total.

(b) Bank Balances and up to date information (verbal)
The current bank balances were given as follows: £22,195.80 in the Current account and £52,472.91 in the High Interest account. Amounts on deposit had been paid back into the high interest account.

(c) Quarterly Report on funding targets (circulated)
This had been circulated for information only and its contents were noted.

(d) Sgeama-leasachaidh nam Fèisean (verbal – David)
This had been circulated for information only. David Boag gave a brief update on projects funded to date from the 2006-07 scheme.

(e) Quarterly management accounts (circulated)
It was agreed that Anne Willoughby and George Stoddart would contact Angus Nicolson regarding presentation and timescale of accounts.

EX2.2007.05 DEVELOPMENT ISSUES

(a) Archiving Project (verbal - David)
David Boag reported that £50,000 had been secured from the Heritage Lottery Fund and that the part-time officer had been advertised. He anticipated that 2 Fèisean would be involved each year, a total of 6 Fèisean over 3 years.

(b) City Fèisean Development Officer (verbal - Arthur)
Arthur Cormack reported that he had approached the councils in the relevant areas to secure funding for a full-time development Officer. Glasgow City Council looked like the most likely council to fund the post at present although they had indicated they would prefer to do so in partnership with other local authorities.

(c) Fèis Academy (circulated)
This report was circulated for information, and noted by members.

EX2.2007.06 BOARD MEETINGS

(a) Agenda items to be included in May Board meeting (verbal)
The new updated board/staffing structure was to be included in the Board meeting papers. It was also agreed to include an update on Blas, AGM arrangements, and audited accounts to be approved by the Board.

(b) Annual Conference and AGM Draft Programme (circulated)
The draft AGM programme was approved by the Executive Group.

(c) Board Elections – Proposals to change election procedure (verbal - Katie)
Katie Adam gave a verbal update on proposals to change election procedure. In light of discussion it was agreed to redraft the paper and forward it to Board members by e-mail before the next meeting.

(d) Limits of Authority (to be discussed)
Limits of authority were discussed and also the associated problems. It was agreed that a paper be produced for the full Board meeting.

(e) Board Skills Audit (to be tabled)
This had been already covered and it was agreed that this should be updated and any gaps identified.

EX2.2007.07 GENERAL

(a) AOCB (verbal)
The Director mentioned that the SAC Review Meeting was going to be held in Portree on 12 October 2007.

The Arts & Business Dinner was to be held on 19 September and there were two tickets available for Board members. It was agreed to offer them at the Board meeting.

Katie Adam mentioned that Arthur Cormack's job title should be changed to Chief Executive and this was agreed.

(b) Date and venue of next meeting
The date for the next meeting was to be agreed at a later date.

Fèisean nan Gàidheal

Aithisg Ràitheil mu adhartas a thaobh buileachadh pròg ram obrach Fèisean nan Gàidheal airson 2007-08
Àireamh air a' Chlàr Ghnothaich: 3.2007.02(a)

An cois seo tha aithisg ràitheil airson a' phrìomh luchd-maoineachaidh againn. Tha an aithisg a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Comhairle Ealain na h-Alba (CEA), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE), Bòrd na Gàidhlig (BnG) agus, airson na bliadhna seo a-mhàin, Gàidhealtachd 2007 (G2007) a thaobh rèiteachaidhean maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Fios. Plana Leas.	Ceum ann am Plana Leasachaidh	Dleastanas	Taisbeanairean Coileanaidh	Adhartas	Inbhe
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh an raoin ghnìomhan aca**				
1.1	Sgeama Thabhartasan airson Fèisean	Stiùiriche	Leantainn air adhart a' ruith Sgeama Thabhartasan airson Fèisean (Targaid CEA)	Sgeama thabhartasan ann an àite	**U**
				Tabhartasan air an tabhann do 41 Fèisean	
				Tabhartasan gam pàigheadh a-mach a rèir aontachaidhean	
		Oifigear Ionmhais & Rianachd	Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)	Tabhartasan air an tabhann do 41 Fèisean airson 2007-08	**U**
				Tabhartasan air an tabhann do 35 Fèisean ann an sgìre na Gàidhealtachd is nan Eilean	
		Stiùiriche	Le IGE agus càch, leudaich an t-ionmhas a tha ri fhaotainn do R & L tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	Maoin £60k ri fhaotainn airson 2007-08 (£15k ann an 2006-07)	**U**
				Modh tagraidh fosgailte, leantainneach	
				£13,8k air aontachadh gu ruige seo airson 2007-08	
		Manaidsear Leasachaidh	Thoir taic do 3 pròiseact ùr agus innleachdach aig a' char as lugha gach bliadhna tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	5 pròiseactan ùr-ghnàthach, nam measg: • Turas le Fèis Bharraigh a Cheap Bhreatainn • Pròiseact ùr-ghnàthach Gàidhlig le Fèis Inbhir Narann • *Ceòl thar Chuan* eadar Fèis Rois agus Fèis Eilean an Fhraoich • *NessFest* air a ruith Fèis Ghleann Albainn	**U**
1.2	A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich	Sgioba Leasachaidh	Luchd-obrach taice suidhichte	Taic leantainneach le taic airson rianachd, tabhartasan agus taic phragtaigeach.	**U**
		Sgioba Leasachaidh	Raon de sheirbheisean taice suidhichte	Le fiosrachadh mionaideach gu h-ìseal fon cheann seirbheis iomchaidh.	**U**
		Oifigear Trèanaidh	Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta 's a ghabhas airson 's gun urrainn do shaor-thoilich an lìbhrigeadh	A' chuid as motha de phoileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn agus air an sgaoileadh do gach Fèis air CD cuideachd.	**U**
				Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich	

				Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig tro chùrsaichean airson luchd-eagrachaidh agus luchd-teagaisg nam fèisean.	
				Sgrùdaidhean 'Disclosure' agus Trèanadh Dìon Chloinne uile air an eagrachadh bhon mheadhan	
		Oifigear Ionmhais & Rianachd	Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail, le àrdachadh ann an reata gach uair a thìde	Uairean air an tabhann airson 2007-08 mar phàirt de thairgse tabhartais	**U**
				Reata a thathar a' moladh airson gach uair a thìde àrdachadh bho £6 gu £7.50 ach a' coimhead ris an sgeama anns an fharsaingeachd an-dràsta	
		Stiùiriche	Cuir an dreuchd 5 Oifigear Leasachaidh Fèise ionadail (Targaid IGE)	Molaidhean gus inbhe Luchd-obrach Taice atharrachadh gu Oifigearan Leasachaidh ri dheasbaid aig coinneamh a bharrachd den Bhòrd san Lùnastal	**U**
				4 luchd-obrach an dreuchd an-dràsta, ach dh'fhaoidte gun atharraich inbhe	
				Jenna Chuimeanach air fastadh mar Oifigear Leasachaidh làn-ùine sna h-Eileanan Siar agus bidh ann an dreuchd ann am meadhan an t-Sultain	
				A' dèanamh oidhirp gus dreuchd Oifigear Leasachaidh a stèidheachadh le comhairlean bailteil. Chaidh litrichean tùsail a chur a-mach gu Glaschu, Dùn Èideann agus Sruighlea agus aig an ìre seo tha Glaschu a' coimhead na bu dòchasaiche na càch.	
1.3	Co-labhairt Bhliadhnail	Oifigearan Ionmhais & Rianachd/Trèanaidh	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail(Targaid CEA)	Co-labhairt gu bhith san Aghaidh Mhòr air 14 & 15 Sultain 2007	**U**
				Chaidh fiosrachadh tùsail a-mach gu Fèisean agus tha cuiridhean air a dhol a-mach gu aoighean	
				Chaidh iarraidh air Linda Fabiani bruidhinn agus chaidh seo a dhearbhadh	
1.4	Àrachas	Oifigear Ionmhais & Trèanaidh	Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile.	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna	**U**
				Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a tha iomchaidh agus tha sinn a' coimhead air cosgaisean air buill a' Bhùird a dhìon a thoirt a-steach	
1.5	Banca ionnstramaidean ciùil	Oifigear Ionmhais & Trèanaidh	Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean.	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh	**U**
				Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh a' mhòr-chuid den bhliadhna	
			A' fastadh gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh.	Ìre reusanta de dh' fhastaidhean air an coileanadh ged a dh'fhaodadh seo a bhith na b'àirde. Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh	**O**
1.6	Sgrùdadh Sgaoilidh	Neach-tionail		Obair leantainneach le còrr is 1,500 Sgrùdadh dèante	**U**

			Luchd-teagaisg agus saor-thoilich uile an lùib nam Fèisean air sgrùdadh Sgaoilidh neartaichte fhaotainn.	Sgaoilidhean a-nis gan ùrachadh dhaibhsan a tha air an stòr-dàta	
			Lean air adhart a' dèanamh cinnteach à deagh-chleachdadh a thaobh Dìon Chloinne (Targaid CEA)	Poileasaidh air ùrachadh agus air a sgrùdadh air stèidh leantainneach	**U**
				Feumaidh na Fèisean uile liosta de luchd-teagaisg a chur a-steach agus tha tar-fhiosrachadh air a chumail orra gus dèanamh cinnteach gu bheil Sgaoileadh làithreach aca, mus tèid tabhartas fhuasgladh	
				Trèanadh leantainneach air a thabhann dhaibhsan a tha a' cur feum air	
1.7	Cumail suas stòr-dàta Luchd-teagaisg Fèise	Oifigear Ionmhais & Rianachd	Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh.	Thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air an stòr-dàta gus a dhèanamh nas fhasa a chleachdadh	**O**
				Bu chòir don bhathar-bog a tha sinn a' cleachdadh – Filemaker Pro - leigeil leis an stòr-dàta a dhol air-loidhne airson 's gun urrainn do luchd-obrach agus Fèisean uile a ruigsinn	
				Ùrachadh leantainneach ga dhèanamh le dàta ùr ga chur ris mar a dh'fheumar, m.e. Comhairlichean agus BPAan as dèidh taghaidhean bho chionn ghoirid	
1.8	Leasachadh, sgaoileadh agus reic fhoillseachaidhean	Stiùiriche	Foillsich leabhar a' comharrachadh 25 bliadhna de dh' Iomairt nam Fèisean ro no ann an 2006 (Targaid IGE)	Chaidh leabhar a' comharrachadh 25 bliadhna de na Fèisean fhoillseachadh san Dùbhlachd 2006	**O**
				Tha sinn an-dràsta ag obair air a bhith a' reic na 's urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean msaa	
				Tha againn fhathast ri aonta sgaoilidh ceart a bharganachadh ach tha seo air a bhith nas duilghe na bha sinn a' dùileachadh	
1.9	Dèanamh agus sgaoileadh naidheachdan cunbhalach agus fiosrachadh eile	Oifigear Margaidheachd & Conaltraidh		*Faileas* a-nis ga dhealbhadh gu proifeasanta air stèidh chunbhalach	**U**
				Tha 3 irisean air a bhith ann bhon Fhaoilleach, 1 san ùine Giblean –Òg-mhìos agus 1 eile aig àm na coinneimh bhliadhnail	
				Fiosrachadh de gach seòrsa a' buntainn ri Fèisean ga sgaoileadh air stèidh chunbhalach – cothroman maoineachaidh, fiosrachadh *VAN*, cothroman obrach, tachartasan msaa	
1.10	Taic airson Fèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	Cruthaich 2 Fhèis ùr gach bliadhna (Targaid IGE)	Ghabh Fèis Mhoireibh àite sa Chèitean ann an Siorrachd Mhoireibh	**U**
				Tha Fèis ùr ann an Dùnomhain – Fèis Dhùnomhain – a' coimhead coltach nas fhaide ann an 2007 ach tha còmhraidhean aig aire tràth agus tha feum air dearbhadh nach dèan fèis eile cron air Fèis Cheann Loch Goibhle a tha faisg air làimh.	
				Tha an RSAMD ag iarraidh Fèis a stèidheachadh anns an Dàmhair agus bidh iad a' cur a-staigh iarrtas ballrachd do dh' Fhèisean nan Gàidheal.	

1.11	A' toirt taic do leasachadh Fhèisean, no cruinneachaidhean de dh'Fhèisean, ag iarraidh barrachd neo-eisimeileachd	Stiùiriche/ Manaidsear Leasachaidh	Lean air adhart a' toirt taic do phròiseactan Fèise fa leth leithid gnìomhan leudachaidh Fèis Bharraigh (Targaid CEA)	A' toirt taic do dh'Fhèisean Lochabair le Oifigear Leasachaidh làn-ùine agus pròram-obrach fad-bliadhna	**U**
				Tha Fèis Spè a' faighinn taic bhon mhaoin stiùireadh pròiseict againn airson Oifigear Leasachaidh pàirt-ùine agus pròram obrach	
				Tha sinn air taic a thoirt do dh'Fhèis Bharraigh thairis air dà bhliadhna le bhith a' togail maoin, agus le stiùireadh Neach-obrach Pròiseict pàirt-ùine bho latha gu latha	
				Tha Fèis Rois a' faighinn taic le airgead a bharrachd bhon Mhaoin Leasachaidh againn gus maoin a dh'fhaodadh iad a bhith a' dùileachadh fhaighinn bhon LEC aca a chothromachadh	
1.12	A' leudachadh taic airson nam Fèisean taobh a-muigh sgìrean 'traidiseanta' ùghdarrais ionadail	Stiùiriche	Le co-obrachadh le aon ùghdarras ionadail no barrachd, cuir Oifigear Leasachaidh an dreuchd gus Fèisean a chòmhdach nach eil air an còmhdach le oifigearan a tha ann mar-thà. (Targaid CEA)	Mar a thathar ag aithris gu h-àrd, tha sinn a' coimhead air cho ion-obrachail 's a bhiodh e oifigear fhastadh gus na raointean seo a chòmhdach agus chaidh litrichean tùsail a chur a-mach gus beachd fhaighinn mu thaic bho ùghdarrasan ionadail.	**O**
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**				
2.1	Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne	Oifigear Gàidhlig	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Poileasaidh air a thoirt gu foirmeil do dh'Fhèisean le litrichean tairgse, cuide ri stiùireadh	**U**
				Planaichean Gàidhlig agus fiosan-ùra bliadhnail air an cur a-steach gu Fèisean nan Gàidheal	
				Sgrùdadh dlùth agus an taic nas motha air a thoirt gus buileachadh gu h-èifeachdach	
				Seach gu bheil uidheamachdan taice a-nis suidhichte, tha sinn air dòigh-làimhseachaidh nas cruaidhe a ghabhail seach gu bheil nas lugha de leisgeulan aig Fèisean gun a bhith a' buileachadh a' phoileasaidh nas iomlaine	
2.2	Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig	Oifigear Gàidhlig	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail	Bidh Sgioba-G a' tadhal air Fèisean gu tric gus Fèisean a chuideachadh le buileachadh Poileasaidh Gàidhlig, agus le pròram obrach a dhèanamh gus freagairt air feumalachdan fa leth	**U**
				Tha Sgioba-G air obrachadh le grunn Fhèisean fad an t-samhraidh le stuthan-teagaisg air an cruthachadh an aona ghnothach do gach fèis, agus daoine a bharrachd air an toirt dhaibh mar a bha iomchaidh	
2.3	Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean	Oifigear Gàidhlig	Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007	Obair leantainneach air a seo leis an dùil fhoillseachadh ro dheireadh na bliadhna	**U**

	Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal		Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007 (Targaid BnG)	Thathar an còmhnaidh a' cur ri stòr-dàta bhriathran	
		Oifigear Gàidhlig	Gàidhlig ri bhith faicsinneach air bileagan fiosrachaidh uile airson Fèisean ionadail le 30% ri bhith gu tur dà-chànanach (Targaid BnG)	Mean air mhean a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil Fèisean uile a' cleachdadh stuth dà-chànanach agus th seo mar chunnradh an cois tabhartasan	**O**
				Is e obair leantainneach a tha seo agus tha cuideachadh eadar-theangachaidh ann do na Fèisean a tha a' cur feum air	
				Dòchasach a thaobh targaid a choinneachadh ann an 2007-08	
2.4	Leasaich Fèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra	Stiùiriche	Àireamh fhàsmhor de dh'Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig	6 Fèisean a-nis tro mheadhan na Gàidhlig, suas bho 2 ann an 1996	**U**
				Teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ga leasachadh ann am Fèisean nach eil gu tur tro mheadhan na Gàidhlig	
				Thèid sùil a chumail air a seo le aithris air dòighean aithris a thaobh chùisean-sgrùdaidh	
		Manaidsear Leasachaidh	Dèan cinnteach à dealas do Ghàidhlig am measg Fèisean ùra	Cha tèid Fèisean ùra a leigeil a-steach airson ballrachd gun dearbhadh gu bheil dealas aca don Ghàidhlig	**U**
				Chaidh foirm-tagraidh ùr a dhèanamh airson Fèisean ùra a tha ag iarraidh ballrachd. Tha iad seo a' còmhdach na cùise seo agus a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cur an ainm ri dealas mus tèid ballrachd a cheadachadh	
2.5	Leasachadh Dràma na Gàidhlig	Oifigear Dràma	Leasaich 2 Fhèis airson dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Planaichean airson 5 Fèisean Dràma ann an 2007-08, ri bhith a' gabhail a-steach tachartasan a tha stèidhichte mar-thà sna h-Eileanan Siar agus Earra-Ghàidheal	**O**
				Oifigear Dràma air Dreuchd Cheumnaiche ga chur an dreuchd an-dràsta gus cuideachadh leotha seo ach gu ruige seo cha do shoirbhich leinn le tagraiche fhaighinn	
		Oifigear Dràma	Lìbhrig 2 sgoil shamhraidh Ghàidhlig aig a' char as lugha (Targaid IGE)	Obair leasachaidh ri dhèanamh ann an 2007	**O**
				Buidheann-stiùiridh stèidhichte, agus chaidh dà choinneamh a chumail gus bruidhinn mu phlanaichean chun a seo	
				Ciad sgoil shàmhraidh Dràma ri bhith suidhichte airson 2008	
		Oifigear Dràma	Lìbhrig 4 pròiseactan dràma Gàidhlig ann an 2007-08 (Targaid BnG)	Mar gu h-àrd, planaichean airson 5 Fèisean Dràma ann an 2007-08	**O**
		Stiùiriche	Glèidh oifigear dràma Gàidhlig (Targaid BnG)	Chaidh dreuchd Dhùbhghlas Beck a dhèanamh mar dhreuchd àbhaisteach ann an 2007-08 tro mhaoin bhunaiteach CEA, ged a bhios an dreuchd a' crochadh air maoin BnG san ùine-fhada	**U**

		Oifigear Dràma	Cùm 5 fèisean dràma Gàidhlig air feadh na h-Alba le co-dhiù 30 sgoil a' gabhail com-pàirt (Targaid BnG)	Faic gu h-àrd	**O**
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh na h-earrainn foghlaim foirmeil**				
3.1	Cùmhnant airson Iomairt Ciùil Òigridh sa Ghàidhealtachd	Stiùiriche/ Co-òrdanaiche	Lean air adhart a' leasachadh obair nam Fèisean leis an earrainn fhoghlaim fhoirmeil, ann an com-pàirteachas le ICO sa Ghàidhealtachd agus ann an Lodain an Ear (Targaid CEA)	Leantainneach, agus a' ruith gu soirbheachail don 5mh bliadhna aige	**U**
				Chaidh goireasan teagaisg a chur a-mach gu sgoiltean agus luchd-teagaisg uile	
				Planaichean leasain a-nis suidhichte agus siostam ag obrachadh airson adhartais fhaicinn	
				Co-òrdanaiche Pàirt-ùine (seann Cheannard Sgoile) a-nis a' coimhead as dèidh cùisean eagrachail bho latha gu latha	
				Leasachadh Proifeasanta Leantainneach na riatanas leantainneach airson luchd-teagaisg agus chaidh latha air leth feumail a chumail le Fèis Rois bho chionn greis	
				Tha sinn an dùil Aonta Ìre Seirbheis foirmeil a bhith againn le CG bhon t-seisean seo agus air adhart	
3.2	Comas airson obair chùmhnant Iomairt Ciùil na h-Òigridh (ICO)ann an sgìrean eile	Stiùiriche	Leudaich lìbhrigeadh chlasaichean ciùil traidiseanta thar sgìre Comhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas ri ICO, far a bheil iomchaidh (Targaid CEA)	Cùmhnant leantainneach le Comhairle Lodain an Ear tro Fhèis Dhùn Èideann	**U**
				Cothrom gus obair a dhèanamh ann an sgoiltean nan Eilean Siar ach feum air còmhraidhean le Peter Marnoch aig CnES	
3.3	Obair air Cànan na Gàidhlig ann an sgoiltean	Oifigear Dràma	Meanbh-Chuileag ri tadhal air sgìrean 5 LEC gach bliadhna (Targaid IGE)	Meanbh-Chuileag ri dhol air chuairt ann an seisean ùr na sgoile, a' tòiseachadh Lùnastal 2007 ach 's dòcha aig deireadh 2007/toiseach 2008. Tha sinn fhathast a' sireadh airgead airson a' cur ris am maoin bho InG.	**O**
3.4	Obair foghlaim foirmeil eile	Stiùiriche		Mar chom-pàirtiche ann am Fòram a' Chiùil Thraidiseanta, tha sinn a' dèanamh rannsachadh a thaobh feumalachdan foghlaim	**O**
				Ghlèidh sinn maoin às leth Fèis an Earraich gus leigeil leotha obrachadh còmhla ri Àrd-sgoil Phort Righ air pròiseact club as dèidh sgoile	
				Tha grunn de dh'Fhèisean eile air a bhith soirbheachail le tagraidhean ICO neo-fhoirmeil a chom-pàirticheas iad leis an earrainn fhoirmeil. Bidh Jennifer McGlone bho CEA a' toirt seachad òraidg aig a' choinneimh bhliadhnail gus na fèisean a bhrosnachadh a thaobh am maoin seo.	
				Tha sinn air a dhol a-steach gu aonta le OGE, an RSAMD agus Sabhal Mòr Ostaig gus bruidhinn mun chothrom, no a chaochladh, airson Acadamaidh Fèise	
				Trèanadh Luchd-teagaisg air a lìbhrigeadh tro Cholaistean Stow agus Pheairt	

4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant, le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**				
4.2	Leasachadh Blas – A' Comharrachadh Ceòl na Gàidhealtachd	Stiùiriche	Leasaich agus leudaich am pròram Blas mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007. (Targaid CEA)	Tha Blas 2007air a bhith glè shoirbheachail le grunn thachartas fan an deach a h-uile ticead a reic agus àireamh de luchd-amhairc suas pìos math. Fèis air a leudachadh le 53 consartan, coimisean ùr (Kin), taisbeanaidhean de *Harvest*, ceòl ann an ospadalan agus taighean airson seann daoine agus thèid feuchainn ris an oidhirp as fheàrr a chaidh a chlàradh san t-saoghal, gu neo-oigigeil, a bhriseadh le Còmhlan Cèilidh Crann Tàra!	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	50 tachartas air feadh na Gàidhealtachd (Targaid BnG)	53 tachartas foirmeil air a dhealbhadh, mar gu h-àrd	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Fear/Bean an taighe a bhruidhneas Gàidhlig aig gach tachartas (Targaid BnG)	Bidh seo suidhichte coltach ri bliadhnachan roimhe	**O**
		Manaidsear Leasachaidh	Soidhnichean Gàidhlig ri bhith aig gach tachartas Blas (Targaid BnG)	Builichear	**O**
		Manaidsear Leasachaidh	Stuthan brosnachaidh Blas ri bhith dà-chànanach (Targaid BnG)	Tha postairean Blas uile dà-chànanach Tha sanasachd Blas dà-chànanach Tha sanasan post-d Blas ann an Gàidhlig agus Beurla Tha Gàidhlig ann am brataichean agus bùird-thaisbeanaidhean Blas uile	**U**
		Oifigear Margaidheachd & Conaltraidh	Làrach-lìn Blas ri bhith dà-chànanach (Targaid BnG)	Air a bhith beò aig www.blas-festival.com bhon Ghearran	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Cairtean briathrachais Gàidhlig ri bhith air an toirt do gach ball de luchdan-èisteachd (Targaid BnG)	Bidh seo suidhichte coltach ri bliadhnachan roimhe	**O**
		Manaidsear Leasachaidh	Luchdan-èisteachd a mheudachadh bho 4,600 to 5,000 (Targaid BnG)	Le tachartasan a bharrachd tha sinn misneachail gun gabh seo coileanadh.	**O**
		Stiùiriche	Pròram a lìbhrigeadh a tha air a dhealbhadh gus freagairt air prìomh amasan Blas (Targaid CG)	'S ann mar seo a tha le pròram a tha a' com-pàirteachadh dhaoine òga, cànan na Gàidhlig, luchd-ealain eadar-nàiseanta agus innleachdas	**U**
		Stiùiriche	Ma tha maoineachadh a bharrachd ga cheadachadh, leantainn le taic a thoirt do chòig Chuairtean Cèilidh agus seachdain de Cheòl Gàidhlig ann an Sgoiltean gach bliadhna (Targaid CG)	Còig Cuairtean Cèilidh a' faighinn taic am-bliadhna Chaidh cuid de sgoiltean an-sàs agus tro GASD, bha pròram de ealain anns na sgoiltean air a ruith aig àm na fèise Bhlas.	**O**
		Stiùiriche	Fèis a lìbhrigeadh a tha in-ghabhaltach agus a bhios tarraingeach do thar-earrainn farsaing de bhuidhnean aoise agus cultair (Targaid CG)	Tha fèisean a chaidh a chumail roimhe air daoine bho aois 5 gu 89 a tharraing, le no as aonais Gàidhlig, agus bhitheamaid an dòchas togail air a sin airson na bliadhna-sa.	**O**
		Stiùiriche	Gus ìrean sàr-mhath ealain a chumail suas agus ìrean àrda de chùram luchd-cleachdaidh agus luchd-ùidh (Targaid CG)	Pròram fìor mhath ann an àite am bliadhna. An crochadh air luchd-brosnachaidh ionadail airson cùram luchd-cleachdaidh ged a bha riochdaire Blas aig gach tachartas	**O**

				Bu chòir do chompanaidh ùr dèanamh cinnteach à deagh chùram do luchd-ùidh agus nì sinn cinnteach gu bheil luchd-maoineachaidh gu h-àraid air an coimhead as an dèidh le tiocaidean an asgaidh agus cuiridhean gu tachartasan cur-air-bhog, cuirmean msaa.	
				Chaidh coimhead as dèidh feadhainn a dh'fhaodadh a bhith nan urrasairean aig tachartas Runrig ann an Druim na Drochaid agus tha ùidh aig feadhainn ann a bhith a' toirt taic do Bhlas.	
		Stiùiriche	Dearbhadh gu bheil Blas 2006 air na targaidean buileachaidh a tha air am mìneachadh sa phlana gnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)	Chaidh aithris air a seo mar-thà gu Gàidhealtachd 2007, agus chaidh bàrr a thoirt air targaidean	**U**
		Stiùiriche	Dearbhadh gu bheil Blas 2006 air na targaidean a bhathar a' dùileachadh airson reic thiocaidean taobh a-staigh a' phlana ghnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)	Chaidh bàrr a thoirt air targaidean Oifis Bogsa airson Blas 2006	**U**
				Tha sinn an dùil gun deach bàrr a thoirt air an targaid Oifis Bogsa againn airson 2007 cuideachd.	
		Stiùiriche	Solarachadh de phròg ram mionaideach Blas 2007, a' soilleireachadh amas eadar-nàiseanta a' phròg raim thachartasan. (Targaid G2007)	Thèid pròg ram a chur a-steach gu foirmeil gu Gàidhealtachd 2007 ach tha oifigearan G2007 air a bhith an lùib a' phròiseas.	**O**
		Stiùiriche	Dearbhadh gu bheil Blas 2007 air na targaidean a tha air am mìneachadh taobh a-staigh a' phlana ghnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)	Thèid aithris air as dèidh Blas 2007	**O**
		Stiùiriche	Dearbhadh gu bheil Blas 2007 air na targaidean a bhathar a' dùileachadh airson reic thiocaidean taobh a-staigh a' phlana ghnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)	Thèid aithris air as dèidh Blas 2007	**O**
		Stiùiriche	Cur a-steach a' cheisteachain mheasaidh a thathar a' lìonadh as dèidh Gàidhealtachd 2007 (Targaid G2007)	Ri chrìochnachadh as dèidh Blas 2007	**O**
		Stiùiriche	Fianais de dheagh thaic mhaoineachaidh gus Blas 2008 a chumail suas. (Targaid G2007)	Thèid aithris air as dèidh Blas 2007 ach tha sinn mar-thà gu gnìomhach a' sireadh taic bho bhuidhnean agus urrasairean	**O**
				Tha CEA agus IGE mar-thà air tabhartas a thoirt seachad tro mhaoin Cuairt Cèilidh	
				Tha cuid de dh'airgead CEA ri chleachdadh airson na fèise agus tha fios aca nach bi maoin G2007 rim faotainn bho 2008 air adhart	
4.3	A' leantainn le taic airson Cuairtean Cèilidh Fèise	Stiùiriche	Ann an com-pàirteachas le Fèisean, thoir tuilleadh leasachaidh air lìonradh de Chuairtean Cèilidh (Targaid CEA)	Maoineachadh ri fhaotainn taobh a-staigh buidseat Blas, le maoin IGE agus CEA a bharrachd glèidhte airson 2007	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Cruthaich 5 Cuairtean Cèilidh Fèise aig a' char as lugha thar sgìre IGE ro no ann an 2009 (Targaid IGE)	Bha Fèis an Earraich, Fèis Chataibh, Fèis Lochabair, Fèis Rois agus Fèis Spè a' ruith Cuairtean Cèilidh ann an 2007, le Fèis Spè ùr nam measg.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh		A' coimhead air ion-dhèantachd Cuairt Cèilidh airson nan Eilean Siar bho Chàisg 2008	**O**

4.4	A' brosnachadh Fhèisean ionadail gus stuthan a thasgadh airson an cleachdadh ann an suidheachaidhean teagaisg san sgìre aca	Manaidsear Leasachaidh	Pròiseact tasglannaidh ri stèidheachadh.	Tha Maoin Dualchais a' Chrannchuir air £50k aontachadh agus tha maoin den aon shuim gus seo a mhaidseadh suidhichte againn	**O**
				Chaidh Emily Edwards a' fastadh mar cho-òrdanaiche pàirt-ùine airson a' phròiseict seo agus bidh i a' tòiseachadh tràth anns an Dàmhair.	
				Bidh Fèisean ionadail a' faighinn fiosrachadh cho luath 'sa thòisicheas Emily agus thèid faighneachd dhaibh co dhiubh a tha ùidh aca com-pàirt a ghabhail	
4.5	Leasachadh Ro-innleachdach Ealan na Gàidhlig - GASD *(Gaelic Arts Strategic Development)*	Stiùiriche	Cùm suas agus builich am pròg ram GASD mar àrd-chòm-pàirtiche (Targaid CEA)	Obair leantainneach agus FnG na lùib mar làn chom-pàirtiche ann am fòram GASD	**U**
				Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair air pàirt an Leasachaidh Phroifeasanta den phròg ram GASD	
				Chuir FnG cuideachd air dòigh an stiùireadh airson nan greisean-còmhnaidh agus nan greisean-trèanaidh	
				Bha pàirt aig FnG ann an Co-labhairt Ealain Ghàidhlig a chaidh a chumail ann an Steòrnabhagh air 8 agus 9 Cèitean, le taic-eagrachaidh bhon Oifigear Trèanaidh againn.	
				Feumar bruidhinn ri luchd-ùidh mu àm ri teachd GASD a dh'aithghearr	
				Feumaidh GASD dreach dheireannach a chur air an Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig a bhios na phàirt den Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig	
4.6	Gnìomhan Eadar-Fèise	Manaidsear Leasachaidh		Maoineachadh airson gnìomhan eadar-Fèise air amalachadh taobh a-staigh na Maoin Leasachaidh bho 2007 air adhart	**U**
Fèisean nan Gàidheal's bankers are The Clydesdale Bank Plc, Somerled Square, Portree, Isle of Skye, IV51 9EH. The organisation has two accounts: a current account (Cashflow Account) and an interest paying current account (Cash Management Account)

It is the responsibility of the CEO and Executive Manager to make best use of the organisation's funds by transferring these to high interest deposit accounts as and when there is surplus available, and for a long a term as is possible so as to maximise interest income.

Charge Cards
For the convenience of purchasing goods, the CEO and Executive Manager each have a charge card, drawn on the organisation's current account with a spending limit of £10,000 each. These are only used when payment by cheque or internet banking is not appropriate to a transaction, or where a payment has to be made before goods can be sent. They are only used in trading with bona fide companies and organisations and receipts must always be produced for all expenditure.

Books of account and records
Proper accounting records will be kept. The accounts systems is based around computer facilities, using MYOB and Excel, but manual/paper records will also be used if appropriate.
At a minimum, the following records will be kept:

- appropriate control accounts
- salary control account
- quarterly trial balances

Budget setting
12 monthly income and expenditure budgets will be prepared in time for final approval by the Board of Trustees in February each year, before the start of the financial year under consideration. Cashflow forecasts will be prepared as appropriate.

Financial monitoring and audit
Fèisean nan Gàidheal's financial year is from 1 April to 31 March. Annual accounts will be submitted for audit, as required under the Companies Act, OSCR regulations and grant conditions, prepared per regulations for charities and any other relevant accounting conventions. Final draft should be ready for and passed by Board of Trustees in September, with audited accounts signed at the September meeting.

Role of Treasurer
The Treasurer should works in close co-operation with, and provide support and advice to, the Executive Manager. Specific responsibilities are to:

- Guide and advise the Board in the approval of budgets, accounts and financial statements, within a relevant policy framework.
- Keep the Board informed about its financial duties and responsibilities.
- Advise the Board on the financial implications of Fèisean nan Gàidheal's strategic plans and key assumptions included in management's operational plan and annual budget.
- Confirm that the financial resources of Fèisean nan Gàidheal meet present and future needs.
- Understand the accounting procedures and key internal controls, so as to be able assure the Board of Fèisean nan Gàidheal's financial integrity.
- Ensure that the accounts are properly audited, that accepted recommendations of the auditors are implemented, and meet the auditor at least once a year.
- Formally present the accounts at the AGM, drawing attention to important points.
- Monitor Fèisean nan Gàidheal's investment activity and ensure its consistency with policies, aims, objectives and legal responsibilities

Role of Management
The Management team consists of the CEO, Development Manager and Executive Manager who will review finances thoroughly at regular meetings.

Role of Board of Trustees
The Board is responsible for:

- approving the budget for the year
- approving signatories to the bank accounts
- appointments of staff where not delegated to the CEO
- receiving reports from the Management Team on areas of concern
- approving exceptional items of expenditure outwith the limits set above
- monitoring the financial position based on quarterly reports, with advice from the CEO and/or Treasurer
- approving the annual accounts, auditors report and appointment

Role of Executive Manager
The Executive Manager is the lead person for processing all changes and exceptional items, and will assist the Treasurer in any financial matter connected with the organisation.

The Executive Manager will ensure that adequate security precautions are taken to safeguard financial and other assets.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2007

Fèisean nan Gàidheal

Taghadh Buill a' Bhùird
Àireamh air a' Chlàr Ghnothaich: 3.2007.04(a)

Background
Fèisean nan Gàidheal's Board has agreed to make changes to the way in which Directors are elected to the Board and this paper outlines the procedures that will be put in place with effect from 14 September 2007, subject to clarification on whether or not this has to be ratified at the AGM by the membership.

Number of Directors
Fèisean nan Gàidheal's Board will consist of:

- 10 Directors, each of whom will be a representative of a Fèis, elected by the membership

In addition, each of the following bodies will be invited to send an observer to Board meetings:

- Scottish Arts Council
- The Highland Council
- Highlands & Islands Enterprise
- Comhairle nan Eilean Siar
- Bòrd na Gàidhlig

Representation
Area representation will be maintained, on a proportional basis, with the following being the breakdown:

- 2 from the Western Isles
- 4 from The Highland Council area
- 1 from the Argyll & Bute Council area
- 3 from the other areas in which Fèisean take place

Where the normal election procedure, detailed below, fails to fill a place in any given area, the Board may co-opt a member from the Fèisean in that area to fill the vacant place. Where that is not possible, however, a member from a Fèis in another area may take up the vacant place on the Board, or the Board may elect to leave the place vacant until the following round of elections.

The remit

- A full role description is available at Appendix 1.
- Those Fèis representatives offering themselves for election must be active in the running of Fèis activities in their area, and must have the endorsement of their local Fèis.
- There will be approximately 4 meetings per annum, including one at the time of the AGM. Normal Board members will be required to commit time to attending those meetings.
- The Chair, Vice Chair (if deemed necessary), Secretary and Treasurer will be required to commit at least another 4 days to attend meetings of the Executive Group, which is explained hereafter.
- Soon after election, Board members will go through a thorough induction process, and will be made fully aware of their responsibilities as Board members.
- All elected Board members will have a vote. Observers from funding bodies, while they may take part fully in Board discussion, will not have a vote.

Term of Office

- Ordinary Board members will be appointed for a 3-year term.
- Where a member goes on to take up the office of Chair, Vice Chair (if deemed necessary), Secretary or Treasurer during their tenure, they may serve for a maximum 3-year term in that post irrespective of when, within their normal 3-year tenure, they take up office and subject to the maximum time a member may serve on the Board being 6 years.
- After serving for a 3-year term, members will not be eligible for re-nomination for election for 12 months.
- After serving for a 6-year term, members will not be eligible for re-nomination for election for 3 years.

- Members will, at the Board meeting each year immediately prior to the organisation's AGM, elect from their number a Chair, Vice Chair (if deemed necessary), Secretary and Treasurer for a period of 3 years, subject to the 6 year maximum period a member may serve.

The election procedure

The election procedures will be as follows:

- Those required to stand down from the Board at the end of their term will be identified.
- The number of vacancies on the Board will be 'advertised' throughout the Fèis movement, through communication with all Fèis committee members and if timing allows, an article in our newsletter.
- Interested parties will receive the job description.
- Each nominee will submit an application, which may, if desired, include 100 words of background information – a personal statement – outlining their interest and what they think they could bring to the Board - which will be included in the election ballot papers.
- After the closing date for nominations, ballot papers will be drawn up outlining each candidate, which Fèisean they are being nominated by, and their 'personal statement'.
- All Fèisean will be sent the ballot papers, and the election will be carried out by post, with each Fèis having a number of votes equivalent to the number of vacancies in any one year.
- The members elected to serve on the Board will be those who gain the highest number of votes to fill the available places.
- In the event of a tie after the election, there should be a further vote by the Board members, to decide which candidate would serve on the Board.
- The election, and vote counting, will be overseen by an independent scrutineer.

Executive Group

- In addition to the Board, there will be a small Executive Group which will meet quarterly to go over, in detail, company business and financial arrangements and monitoring.
- The group will meet at least a fortnight before each full Board meeting, and the business of the meeting will be minuted and included with the papers for the following Board meeting.
- The full papers for Executive Group meetings will be sent to all Board members prior to the following Board meeting.
- The membership of the Executive Group will consist of the Chair, Vice Chair (if elected), Secretary and Treasurer, or other members as appointed by the Board, who would have a vote. The Director, Development Manager and Executive Manager, will attend in a non-voting, advisory capacity.
- Those people appointed to the Executive Group will be required to commit approximately 4 more days than ordinary Board members, to the work of the organisation.

Other points

- Board members may occasionally hold meetings without observers being present.
- Arts & Business Board member training, or a suitable equivalent, will take place on a rolling basis, to ensure that all Board members benefit from this.
- Suitable financial management training will also be available for Board members.
- A skills bank, detailing Board members' 'unknown' skills, will be set up and maintained.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2007

Appendix 1

Role Description for Board Members

1 AIMS & OBJECTIVES OF FÈISEAN NAN GÀIDHEAL

The aim of Fèisean nan Gàidheal is to make the Gaelic Arts, Language and Culture more accessible and more widely appreciated through the promotion, support and development of local, community-based tuition Fèisean.

The objectives are to:

1.1 Provide support for the development of individual Fèisean and the Fèis movement as a whole
1.2 Develop the tuition at individual Fèisean
1.3 Develop Fèisean nan Gàidheal as a service-providing organisation
1.4 Promote excellence within the Fèis movement
1.5 Create closer links between Fèisean, other organisations and other countries

2 MAIN DUTIES OF BOARD MEMBERS

Fèisean nan Gàidheal is a company limited by guarantee, with charitable status. It is a membership organisation with a geographic spread which covers most of the Scottish islands and mainland. Board members are drawn from the committees of member Fèisean, but a proportion may be elected from outwith the Fèis movement by open advertisement. The following points should be considered when seeking election to the Board.

2.1 Competence in spoken Gaelic is desirable.
2.2 Support for the aims of Fèisean nan Gàidheal is essential.
2.3 Board Members are expected to contribute a degree of expertise, experience and commitment to the workings of the organisation. They should be constructive, and competent to decide policy and monitor implementation and to monitor the finances of the organisation.
2.4 The ability to devote time to the organisation is essential. Board members will be expected to attend around 4 board meetings per year, and to be fully prepared to take an active part in these meetings. All members are expected to take an interest in the work of the organisation as a whole.
2.5 The Chair, Vice Chair, Secretary and Treasurer will be elected from within the Board for a maximum of 3 years and they will be expected to attend additional meetings as part of an Executive Group.
2.6 Term of Appointment: Appointments are for a 3-year term unless a member takes up the office of Chair, Vice Chair, Secretary or Treasurer during their tenure for a maximum 3-year term which they may do irrespective of when, within their normal 3-year tenure, they take up such office. However, the maximum time any member may serve continuously on the Board is 6 years.
2.7 Remuneration: The appointment is unpaid, but reasonable travel, subsistence and other agreed expenses will be reimbursed.
2.8 Standards of Conduct: Members are required to observe Best Practice conventions for Board Members, notably impartiality, discretion, value for money, accountability and openness.
2.9 Public Relations: Members are expected to act as ambassadors on behalf of Fèisean nan Gàidheal and their individual member Fèisean.

Fèisean nan Gàidheal
2007

Fèisean nan Gàidheal

A' fastadh luchd-obrach agus measaidhean

Àireamh air a' Chlàr Ghnothaich: 3.2007.05(a)

Bun-fhiosrachaidh

Bidh buill a' Bhùird gu bheil grunn dhreuchdan againn a bha sinn a' feuchainn a lìonadh, leis gun do dh'fhalbh dithis a bhith nan luchd-teagaisg agus gun robh dà dhreuchd a chaidh a stèidheachadh as ùr.

Tha sinn cuideachd air a bhith ag aontachadh ri structar ùr airson luchd-obrach agus tha Daibhidh Boag agus mi fhìn air a bhith a' cumail choinneamhan mheasaidh far an robh an cothrom aig luchd-obrach còmhraidhean a chumail air mar a tha atharrachaidhean a' dol a thoirt buaidh orra.

Tha an aithisg ghoirid a tha seo airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird air mar a tha a' dol dhuinn le fastadh dhaoine, agus le na measaidhean.

Fastadh

Bha ceithir dreuchdan ban againn:

- **Oifigear Leasachaidh, Na h-Eileanan Siar** (leis gun do dh'fhàg Fiona NicAonghais a bhith na neach-teagaisg, agus le airgead a bharrachd bho Chomhairle nan Eilean Siar, bha an cothrom againn an dreuchd ath-nuadhachadh mar Oifigear Leasachaidh làn thìde an àite Oifigear Taice pàirt thìde)
- **Rianaire, Port-Rìgh** (leis gun do dh'fhàg Elaine NicFhearghais a bhith na neach-teagaisg)
- **Oifigear Dràma** (neach ceumnachaidh), **Inbhir Nis** (le taic bhon Sgeama Luchd Ceumnachaidh aig Comunn na Gàidhlig)
- **Oifigear Thasglann, àite sam bith** (le taic-airgid bhon Chrannchur Nàiseanta agus eile)

Chaidh sanasan a thoirt a-mach dà thuras mas robh e comasach dhuinn geàrr-liosta a chur ri chèile. Gu h-inntinneach, bha na sanasan anns a' Ghàidhlig a-mhàin a' chiad thuras agus dà-chànanach an darna turas. An dèidh na dàrna sanas, bha e comasach dhuinn Jenna Chuimeanach fhastadh mar Oifigear Leasachaidh airson nan Eilean Siar, agus Emily Edwards mar Oifigear Thasglann. Tha ise air a ràdh gum bu thoigh leatha a bhith stèidhichte ann an oifis Inbhir Nis.

Gu mi-fhortanach cha d' fhuair sinn tagraiche sam bith airson dreuchd na h-Oifigear Dràma, agus cha d' fhuair sinn duine sam bith a bha nar beachd-sa freagarrach airson na dreuchd pàirt thìde mar Rianaire a lìonadh. Tha sinn air sanasan a thoirt a-mach aon turas eile, ach le obair an Rianaire aig ìre làn ùine airson feuchainn ri tagraichean nas fheàrr a lorg. Tha ceann latha 10 Sultain anns an t-sanas agus bidh e comasach dhomh am fiosrachadh as ùire a thoirt do bhuill a' Bhùird aig a' choinneimh air 14mh.

Measaidhean

Tha sinn air coinneamhan mheasaidh a chumail dhan a h-uile duine ach mi fhìn agus Daibhidh Boag. Bha e na chleachdadh anns na bliadhnaichean a chaidh seachad buill a' Bhùird a bhith an-sàs nar measaidhean, ach leis an structar ùr tha mi den bheachd gum biodh e iomchaidh mi fhìn a' choinneamh a chumail le Daibhidh, agus an uair sin gun cuireamaid latha air dòigh far am b'urrainn don chathraiche/cuideigin bhon Bhòrd am measadh agam fhìn a chumail.

Tha na measaidhean air a bhith glè mhath agus tha targaidean nan luchd-obrach gu bhith air an aontachadh a-rèir targaidean a tha mu choinneimh na buidhne anns an fharsaingeachd. Bidh gnìomhan deatamach ann do gach duine, agus bidh àrdachadh pàighidh sam bith a-rèir ciamar a thèid do dhaoine iadsan an coileanadh. Bidh gnìomhan eile annta cuideachd, agus ged a bhitheamaid ag iarraidh adhartas fhaicinn leothasan, cha bhi buaidh orrasan air àrdachadh pàighidh an luchd-obrach. Mar is àbhaist bidh leasachaidhean pearsanta anns na planaichean cuideachd, a' gabhail a-steach feumalachdan trèanaidh sam bith, agus bidh sinn a' dèanamh cinnteach gun gabhadh trèanadh iomchaidh a chur air dòigh.

Eile

Tha Fiona Ironside, a tha ag obair còmhla ruinn fhad 'sa tha Ingrid NicEanruig air fòrladh màthaireil air leigeil fhaicinn gu bheil i a' gluasad a Ghlaschu a dh'aithghearr agus gu bheil i airson a dreuchd fhàgail. Feumaidh sinn dòigh a lorg an obair seo a dhèanamh gus am bidh fios againn a bheil Ingrid a' dol a thilleadh neo nach eil.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2007

Fèisean nan Gàidheal

Pròram de Thaisbeanaidhean bhon luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Ghnothaich: 3.2007.05(b)

Bun fhiosrachadh
Chaidh aontachadh aig a' choinneimh a bha againn eadar am Bòrd agus an luchd-obrach gum bu chòir don luchd-obrach a bhith an-sàs nas motha ann an coinneamhan a' Bhùird le cead a bhith gam frithealadh aig àm sam bith. Bha beachd ann gum gabhadh seo a leasachadh le pròram de thaisbeanaidhean bhon luchd-obrach ag innse dhuinn mun obair aca aig amannan iomchaidh.

Clàr-ama
Tha clàr-ama an seo airson deasbad a thogail, le beagan fiosrachaidh air na bhios anns gach taisbeanadh:

Coinneamh	Neach-obrach	Tiotal	Taisbeanadh
Dùbhlachd 2007	Art MacCarmaig	Ceannard	Trèanadh do bhuill ùr den Bhòrd air na dleastanasan a bhios orra agus bun fhiosrachadh air obair na buidhne
Dùbhlachd 2007	Iona NicDhòmhnaill	Oifigear Trèanaidh	Fèis Thrèanaidh agus trèanadh luchd-teagaisg
Gearran 2008	Daibhidh Boag	Manaidsear Leasachaidh	Aithris air na pròiseactan a chaidh a mhaoineachadh trom Sgeama Leasachaidh againn agus planaichean airson 2008-09.
Gearran 2008	Emily Edwards	Oifigear Thasglann	Adhartas leis a' phròiseict agus dealbh a thoirt dhuinn air dè chaidh a chruinneachadh
Cèitean 2008	Calum Ailig MacMhaoilean	Oifigear Gàidhlig	Aithris air na dòighean anns a bheil ar Poileasaidh Gàidhlig air a bhith air a chur an gnìomh le na Fèisean ann an 2007-08 agus planaichean airson 2008-09
Cèitean 2008	Dougie Beck	Oifigear Gàidhlig (Dràma)	Aithris air na fèisean dhràma agus cuairt Mheanbh-Chuileag agus planaichean airson 2008-09
Sultain 2008	Nicola Marshall	Oifigear	Aithris air pròiseactan mhòra leithid taic le Fèis Spè agus NessFest

Co-dhùnadh
Chan eil an seo ach beachd neo dhà airson tòiseach tòiseachaidh agus airson deasbad neo còmhradh a thogail. Bu chòir do bhuill a' Bhùird am beachdan fhèin a chur air adhart le sùil gun gabhadh pròram aontachadh agus gun tèid fiosrachadh an uair sin don luchd-obrach.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2007

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Ghnothaich: 3.2007.06(a)

Staff member	**Arthur Cormack**
Job Title	**Chief Executive**
Period of Report	**May - September 2007**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Àir. Targaid	**Targaid** Adhartas
1.1	**Leantainn air adhart a' ruith Sgeama Thabhartasan airson Fèisean (Targaid CEA)**
	Le IGE agus càch, leudaich an t-ionmhas a tha ri fhaotainn do R & L tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)
	Tha an sgeama a' ruith mar bu chòir fo smachd na h-Oifigear Ionmhais agus Rianachd bho latha gu latha. Gu ruige seo, tha tabhartasan luach £233k air a bhith air an tairgse do 41 Fèis mar a tha air a mhìneachadh anns na clàran airson coinneimhean a' Bhùird.
1.2	**Cuir an dreuchd 5 Oifigear Leasachaidh Fèise ionadail (Targaid IGE)**
	Tha trì Oifigearan Leasachaidh air a bhith againn gu bho chionn greis (2 x LT air Ghàidhealtachd agus 1 x 0.6 LT anns na h-Eileanan Siar) agus aonan mar Neach Taice nam Fèisean (1 x 0.8 LT ann an Earra-Ghàidheal agus Taobh a Deas). Tha na h-atharrachaidhean a tha a' dol a thighinn air structar na buidhne a' ciallachadh gum biodh neach làn thìde againn anns na h-Eileanan Siar, agus gum biodh an neach a tha an-dràsta na Neach Taice a' dol a ghabhail dleastanasan Oifigear Leasachaidh. Tha e na amas dhuinn neach eile fhastadh airson na Fèisean anns na bailtean mòra, agus chaidh aontachadh gum bu chòir dhuinn feuchainn ri dreuchd ùr a stèidheachadh ann an co-bhonn ri comhairle ionadail. Chaidh litrichean a-mach bhuamsa gu Comhairle Baile Ghlashcu (Charles Bell), Comhairle Dhùn Èideann (Mary McGookin) agus Comhairle Shruighlea (Daryl Fraser) ach gu ruige seo, ged a tha freagairtean air a bhith agam, chan eil duine aca air càil a ghealltainn ged a tha Glaschu an tè as dòchasaiche
1.8	**Foillsich leabhar a' comharrachadh 25 bliadhna de dh' Iomairt nam Fèisean ro no ann an 2006 (Targaid IGE)**
	Chaidh leabhar a' comharrachadh 25 bliadhna de na Fèisean fhoillseachadh san Dùbhlachd 2006 agus tha sinn air a bhith a' reic na 's urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùthan msaa. Feumaidh sinn cùmhnant sgaoilidh fhaighinn fhathast ach tha seo air bhith nas doirbhe na bhith mi am dùil, ged a tha cuid den na luchd-sgaoilidh ciùil gan reic. Ged a bha sinn ag amas gum biodh na fèisean gan reic, chan eil a h-uile tè air gabhail ri seo. Tha an obair seo a' leantainn air adhart.
1.11	**Lean air adhart a' toirt taic do phròiseactan Fèise fa leth leithid gnìomhan leudachaidh Fèis Bharraigh (Targaid CEA)**
	Tha mi fhìn a' cumail taic do dh'Fhèisean Lochabair le Oifigear Leasachaidh làn-ùine agus bidh mi a' frithealadh choinneimhean den bhuidheann-stiùiridh. 'S dòcha gum biodh seo ag atharrachadh leis a' structar ùr a thathar a' moladh.
1.12	**Le co-obrachadh le aon ùghdarras ionadail no barrachd, cuir Oifigear Leasachaidh an dreuchd gus Fèisean a chòmhdach nach eil air an còmhdach le oifigearan a tha ann mar-thà. (Targaid CEA)**
	Faic 1.2 gu h-àrd.
2.4	**Àireamh fhàsmhor de dh'Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig**
	Chan urrainnear seo a choileanadh ach le taic bhon sgioba Gàidhlig agus na Fèisean fhèin. Ged nach tèid an àireamh de dh'fhèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig suas nas fhaide na 6 anns a' gheàrr ùine, tha leudachadh gu math mòr air tighinn air an ìre de Ghàidhlig a tha na fèisean a cleachdadh tro ghnìomhan agus thachartasan, gu h-àraidh le obair na Sgioba-G.
3.1	**Lean air adhart a' leasachadh obair nam Fèisean leis an earrainn fhoghlaim fhoirmeil, ann an com-pàirteachas le ICO sa Ghàidhealtachd agus ann an Lodain an Ear (Targaid CEA)**
	Tha a' chùmhnant le Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn tro 2007-08, le na Fèisean ag obair cuide ri sgoilearan ann an clas 6, a gheibh Òrain Gàidhlig, Òrain Cloinne, Fìdeag agus Obair Chòmhlain. Bidh a h-uile sgoil a' faighinn 12 seachdain agus bha latha trèanaidh air a chur air bonn le Fèis Rois air 16 Lùnastal a bha fosgailte don luchd-teagaisg air fad. Tha cùmhnant Lodainn an ear a' leantainn cuideachd, ged a tha Cè Greumach a' fàgail a dhreuchd le Feis Dhùn Èideann a dh'aithghearr. Bidh seo an urra ri cò thigeadh na àite.
3.2	**Leudaich lìbhrigeadh chlasaichean ciùil traidiseanta thar sgìre Comhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas ri ICO, far a bheil iomchaidh (Targaid CEA)**
	Tha aon chùmhnant againn mu thràth le Comhairle Lodainn an Ear. Faic 3.1.

	A bharrachd air an ICO ann an suidheachadh foirmeil, thug mi fhìn taic do dh'Fhèis an Earraich airgead a thogail airson pròiseact a leigeadh leotha a bhith ag obair ann an Àrdsgoil Phort-Rìgh le cruinneachaidhean an dèidh na sgoile. Tha grunn fhèisean eile air a bhith soirbheachail le tagraidhean dhan sgeama seo cuideachd.
3.4	**Obair foghlaim foirmeil eile**
	• Mar chom-pàirtiche ann am Fòram a' Chiùil Thraidiseanta, tha sinn a' dèanamh rannsachadh a thaobh feumalachdan foghlaim. • Tha sinn air a dhol a-steach gu aonta le OGE, an RSAMD agus Sabhal Mòr Ostaig gus bruidhinn mun chothrom, no a chaochladh, airson Acadamaidh Fèise
4.2	**Leasaich agus leudaich am pròram Blas mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007. (Targaid CEA)** **Pròram a lìbhrigeadh a tha air a dhealbhadh gus freagairt air prìomh amasan Blas (Targaid CG**
	Ma tha maoineachadh a bharrachd ga cheadachadh, leantainn le taic a thoirt do chòig Chuairtean Cèilidh agus seachdain de Cheòl Gàidhlig ann an Sgoiltean gach bliadhna (Targaid CG)
	Fèis a lìbhrigeadh a tha in-ghabhaltach agus a bhios tarraingeach do thar-earrainn farsaing de bhuidhnean aoise agus cultair (Targaid CG)
	Gus ìrean sàr-mhath ealain a chumail suas agus ìrean àrda de chùram luchd-cleachdaidh agus luchd-ùidh (Targaid CG)
	Dearbhadh gu bheil Blas 2006 air na targaidean buileachaidh a tha air am mìneachadh sa phlana gnothachais a choileanadh. **(Targaid G2007)**
	Dearbhadh gu bheil Blas 2006 air na targaidean a bhathar a' dùileachadh airson reic thiocaidean taobh a-staigh a' phlana ghnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)
	Solarachadh de phròram mionaideach Blas 2007, a' soilleireachadh amas eadar-nàiseanta a' phròraim thachartasan. **(Targaid G2007)**
	Dearbhadh gu bheil Blas 2007 air na targaidean a tha air am mìneachadh taobh a-staigh a' phlana ghnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)
	Dearbhadh gu bheil Blas 2007 air na targaidean a bhathar a' dùileachadh airson reic thiocaidean taobh a-staigh a' phlana ghnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)
	Cur a-steach a' cheisteachain mheasaidh a thathar a' lìonadh as dèidh Gàidhealtachd 2007 (Targaid G2007) **Fianais de dheagh thaic mhaoineachaidh gus Blas 2008 a chumail suas. (Targaid G2007)**
	Bha Blas na bliadhna-sa air leth soirbheachail, le 53 consartan, coimisean ùr, taisbeanaidhean de *Harvest*, ceòl ann an ospadalan agus taighean airson seann daoine agus thèid feuchainn ris an oidhirp as fheàrr a chaidh a chlàradh san t-saoghal a bhriseadh le Còmhlan Cèilidh Crann Tàra! Bidh an fhèis a' gabhail a-steach òigridh, a' Ghàidhlig, luchd-ciùil eadar-nàiseanta, agus tha pròiseactan ùra innte gach bliadhna. A bharrachd air gu bheil òigridh anns a' phròram airson na feise fhèin, tha sinn air taic a chumail ri 5 Cèilidhean air Chuairt am bliadhna. Ged a tha e cùram luchd-cleachdaidh a' crochadh air luchd-brosnachaidh ionadail, bidh riochdaire Blas aig gach tachartas Tha CEA agus IGE mar-thà air tabhartas a thoirt seachad tro mhaoin Cèilidhean air Chuairt agus tha fios aca nach bi maoin G2007 rim faotainn bho 2008 air adhart. Bidh aithisg neo-eisimeileach air Blas 2007 a' tighinn bho Snedden Economics, agus thèid seo a dhèanamh gu math sgiobalta oir tha agam ro fiosrachadh a thoirt seachad do Chomataidh an Fhoghlaim, Cur Seachadan agus Spòrs aig Comhairle na Gàidhealtachd nas fhaide air adhart anns an t-Sultain.
4.3	**Ann an com-pàirteachas le Fèisean, thoir tuilleadh leasachaidh air lìonradh de Chuairtean Cèilidh (Targaid CEA)**
	Mar a mhìnich mi shuas tha taic air a bhith ann do 5 Cèilidhean aid Chuairt am bliadhna agus tha sinn a' feuchainn ri cuairt a chur air dòigh le Fèisean nan Eilean Siar an ath bhliadhna.
4.5	**Cùm suas agus builich am pròram GASD mar àrd-chòm-pàirtiche (Targaid CEA)**
	Obair leantainneach agus FnG na lùib mar làn chom-pàirtiche ann am fòram GASD. Feumar bruidhinn ri luchd-ùidh mu àm ri teachd GASD a dh'aithghearr agus feumaidh GSD dreach dheireannach a chur air an Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig a bhios na phàirt den Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig.
5.1	**Oifigear Leasachaidh airson Trèanadh a ghleidheadh**
	Air a glèaidheadh.
5.3	**Solarachadh do dheugairean taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean**
	Tha sinn a' cumail taic ri Fèis Rois nan Deugairean agus tha Fèis Lochabair air ùidh a thogail ann am fèis den t-seòrsa seo a chur air dòigh.

6.1	**Leudaich, far an urrainnear, cothroman com-pàirteachaidh le buidhnean eile an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh na coimhearsnachd Gàidhlig, agus lean air adhart ag obair le fòraman a tha ann mar-thà, nam measg Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba. (Targaid CEA)**
	Dèan am feum as fheàrr de thabhartas nam Fèisean a thaobh soirbheachas Gàidhealtachd 2007 (Targaid IGE)
	Tha sinn a' leantainn air adhart a' frithealadh choinneamhan, agus a' cur ri leasachadh, an Fhòraim Chiùil Thraidiseanta. Tha VisitScotland air cuireadh a thoirt dhuinn gus obair a dhèanamh còmhla riutha air bùiththean-obrach trèanaidh gus aire a thogail mu Cheòl Thraidiseanta leis an luchd-obrach TIC aca. Tha Fèis Blas na pròiseact mòr airson G2007 agus tha an òigridh a bha an-sàs le na Cèilidhean air Chuairt gu mòr an-sàs ann a bhith a' cluich aig tachartasan fo bhratach G2007. Tha G2007 air iarraidh oirnn an cur-seachad a dhèanamh aig dìnnear Dhuaisean Ealain & Gnothachais ann an Dùn Èideann san t-Sultain agus aig tachartasan an ath bhliadhna co-cheangailte ri Liverpool 2008, A' cuideachadh gus raon-ùghdarrais ' A' bhliadhna a chomharraicheas Alba cultar na Gàidhealtachd' a choileanadh le consartan Ceòl nam Fèis taobh a-muigh na Gàidhealtachd
6.2	**Ann an com-pàirteachas ri Comhairle Ealain na Gàidhealtachd agus mar bhuill de dh'Fhòram a' Chiùil Thraidiseanta, bidh prìomh dhreuchd aig FnG ann am brosnachadh agus leasachadh leantainneach ceòl traidiseanta ann an Alba. (Targaid CEA)**
	Tha an obair againn air a stiùireadh gu ruige seo agus air a taisbeanadh tron àireimh mhòir de bhuidhnean air a bheil làthaireachd aig Fèisean nan Gàidheal, agus an t-àite a tha aig Iomairt nam Fèisean aig teis meadhain leasachadh cèol traidiseanta ann an Alba.
6.3	**Ceangalan Eadar-nàiseanta**
	Gabhaidh luchd-ciùil bho Cheap Breatainn, Sasainn agus Èirinn com-pàirt ann am Blas am-bliadhna. Tha ceanglaichean leantainneach againn le *Celtic Colours* ann an Ceap Breatainn agus bidh Donna Choineagan agus Brian Ó hEadhra a' frithealadh na feise am bliadhna.
6.4	**Dèan sgrùdadh air com-pàirteachasan nas motha leis an earrainn choimeirsealta. (Targaid CEA)**
	Tha Banca Dail Chluaidh againn mar urrasair Blas, agus chaidh obair eile a dhèanamh le companaidhean eile an latha a chur dinn Blas air bog aig Beat the Drum ann an Druim na Drochaid. Bu chòir a bhith a' dèanamh a' chur-seachad aig Dìnnear Duaisean A & B ar cuideachadh gus ceanglaichean a thogail
6.5	**Obraich còmhla ri IGE gus rannsachadh a bharrantachadh airson tomhas a dhèanamh air buaidhean eaconamach nas farsainge Iomairt na Fèise a thaobh gnìomhachasan cultarail agus cruthachail sa Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, ri fhoillseachadh ro no ann an 2008 (Targaid IGE)**
	Ri chur air dòigh le IGE aig àm a tha freagarrach dhaibh, ach co-obraichidh sinn gu h-iomlan.
6.7	**Àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro consartan taisbeanaidh ainmichte mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007, agus gnìomhan bùth-obrach/trèanaidh eile (Targaid CEA)**
	Chaidh seo a dhèanamh le 4 consartan Ceòl nam Fèis air an aithris gu h-àrd, Harvest aig Blas, Beat the Drum agus NessFest.

Neach-obrach	**Daibhidh Boag**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Cèitean – An t-Sultain 2007**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Fios. Plana Leas	
1.1	**Sgeama Thabhartasan airson Fèisean**
	Thoir taic do 3 pròiseact ùr agus innleachdach aig a' char as lugha gach bliadhna tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid IGE)
	Gu ruige seo, tha 7 tagraidhean agam airson na bliadhna ionmhais 2006 – 7.
1.2	**A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich**
	Luchd-obrach taice suidhichte
	Raon de sheirbheisean taice suidhichte
	'S e aon de na prìomh obraich agam taic a thoirt dhan sgioba leasachaidh air fad, a' gabhail a steach na leasachaidhean Gàidhlig. Tha aithisgean ann bhon a h-uile daoine a' sealltainn na h-adhartais a th' aca airson na targaidean aca fhèin.
1.10	**Taic airson Fèisean ùra**

	Cruthaich 2 Fhèis ùr gach bliadhna (Targaid IGE)
	Bha a' chiad Fhèis Mhoireibh ann aig deireadh a' Chèitein. Tha sinn air a bhith bruidhinn ri coimhearsnachdan ann an Eilean Cholla, Dùn Omhainn agus Loch Caran mu na Fèisean aca fhèin a steidheachadh.
1.11	**A' toirt taic do leasachadh Fhèisean, no cruinneachaidhean de dh'Fhèisean, ag iarraidh barrachd neo-eisimeileachd**
	Lean air adhart a' toirt taic do phròiseactan Fèise fa leth leithid gnìomhan leudachaidh Fèis Bharraigh (Targaid CEA)
	Tha mi air a bhith ag obair le luchd-obrach air tòrr phròiseactan ùra a chur air bhog, Cèilidh air Chuairt sa Mhonaidh Ruaidh, NessFest agus BarraFest. Tha mi fhathast ag obair ann an co-bhonn le muinntir Fèis Bharraigh air tòrr phròiseactan diofraichte, leithid na clasaichean leantainnich aca.
2.4	**Leasaich Fèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra**
	Dèan cinnteach à dealas do Ghàidhlig am measg Fèisean ùra
	Tha mise gu math cinnteach aig toisich tòisichidh gu feum Gàidhlig a bhith aig na Fèisean ùra aig teas mheadhan na h-obrach air fad aca.
4.2	**Leasachadh Blas – A' Comharrachadh Ceòl na Gàidhealtachd**
	50 tachartas air feadh na Gàidhealtachd (Targaid BnG)
	Bidh Fèis Bhlas a' tòiseachadh 31 An Lùnastal – 8 An t – Sultain le 53 tachartasan anns a' phròram oifigeil agus tòrr a bharrachd thachartasan mi oifigeil tron t-seachdain.
	Fear/Bean an taighe a bhruidhneas Gàidhlig aig gach tachartas (Targaid BnG)
	Tha fios againn a nis cò bhitheas a dèanamh na h-obrach seo, agus tha mi cinnteach gu ruig sinn an targaid seo.
	Soidhnichean Gàidhlig ri bhith aig gach tachartas Blas (Targaid BnG)
	Tha pasgan soidhnichean da chànanach CnaG gu leòr againn airson na h-àiteachan Blas air fad.
	Stuthan brosnachaidh Blas ri bhith dà-chànanach (Targaid BnG)
	Rinn sinn seo. Tha na programan agus postairean air fad da chànanach, agus tha an làrach-lìn an aon rud.
	Cairtean briathrachais Gàidhlig ri bhith air an toirt do gach ball de luchdan-èisteachd (Targaid BnG)
	Bidh na cairtean seo deiseil ron Fhèis, agus sgaoilidh sinn iad dha na h-àiteachan air fad.
	Luchdan-èisteachd a mheudachadh bho 4,600 to 5,000 (Targaid BnG)
	Tha barrachd seathraichean aig Blas am bliadhna na bh' ann riamh, agus tha mi glè chinnteach gun reic sinn 5,000 tiocaidean am bliadhna. Tha barrachd thiocaidean air a bhith reic aig an am seo na bh' aig an aon am an uiridh.
4.3	**A' leantainn le taic airson Cuairtean Cèilidh Fèise**
	Cruthaich 5 Cuairtean Cèilidh Fèise aig a' char as lugha thar sgìre IGE ro no ann an 2009 (Targaid IGE)
	Tha Cuairtean Cèilidh a nise ann an Lochabair, Siorrachd Rois, Cataibh, An t-Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse agus buidheann ur ann a Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Tha beachd againn pròiseact a chuir air dòigh anns na h-Eileanan Siar ro 2009.
4.6	**Gnìomhan Eadar-Fèise**
	Tha cothrom aig gach Fèis pròiseactan Eadar-Fèise a chuir air dòigh. Mar eisimpleir, dh' obraich Fèis Rois agus Fèis Eilean an Fhraoich ann an co-bhonn a cuir bùthan obrach nan deugairean air dòigh, a' crìochnachadh le cuirm-ciùil air leth soirbheachail aig Fèis Innse Gall ann an Steòrnabhagh anns an t-Iuchar.
5.3	**Solarachadh do dheugairean taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean**
	Tha sgeama leasachaidh nam Fèisean gu math freagarrach airson pròiseactan nan deugairean a' steidheachadh, gu h-àraidh mar phròiseactan Eadar-Fèise.
6.1	**Dèan am feum as fheàrr de thabhartas nam Fèisean a thaobh soirbheachas Gàidhealtachd 2007 (Targaid IGE)**
	Tha Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean ionadail air a bhith gu math trang le pròiseactan co-cheangailte le Gàidhealtachd 2007. Tha Blas, na Cuairtean Cèilidh, bùthan obrach Fèis a' Bhaile aig InvernessFest agus Fèis Rois a' cluich aig fosgladh Pàrlamaid na h-Alba agus bogadh de Fhèis Lunnainn anns a' Phàrlamaid sin, deagh eisimpleirean.
6.3	**Ceangalan Eadar-nàiseanta**
	Tha tòrr cheangalan eadar Alba, Alba Nuadh agus Eireann mar phàirt de Bhlas agus bha Fèis Bharraigh soirbheachail air taic airgid fhaighinn bho stòras leasachaidh nam Fèisean airson turas gu Tatoo Halifax, Alba Nuadh a dhèanamh.
6.5	**Fiosrachadh**
	Tha Fèisean nan Gàidheal air a bhith sgaoileadh tòrr fiosrachaidh da chananch taobh a-staigh na buidhne agus a-mach bhon a bhuidheann, ann an clò agus ann an dòigh dealanaich.
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	Cùm 4 consartan taisbeanaidh àrd-ìomhaigh mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007 (Targaid IGE)
	Chùm sinn 4 consairtean Ceòl nam Fèis air feadh na-h Alba aig deireadh an t – Òg Mhìos. Bha ìre chiùil gu math

	àrd agus bu mhath leam taing a thoirt dhan luchd ciùil agus an luchd taic airson na h-obrach a rinn iad. Ged a bha na consairtean soirbheachail, cha robh àireamhan luchd-èisteachd mar bu choir, agus tha mise den bheachd nach robh ùine gu leòr againn ro làimhe airson obair mhargaidh ceart a dhèanamh.
	Àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro consartan taisbeanaidh ainmichte mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007, agus gnìomhan bùth-obrach/trèanaidh eile (Targaid CEA)
	Chì thu ann an 6.2 agus 6.7 gun d' rinn sinn tòrr am bliadhna airson inbhe na Fèisean a thogail mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007.

Luchd-obrach	**Anna Willoughby**
Dleastanas	**Oifigear Ionmhais agus Rianachd**
Ùine	**An Cèitean – An t-Sultain 2007**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.1	**Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)**
	Tabhartasan air an tabhann do 40 Fèisean (34 ann an sgìre IGE), pàigheadh a-mach £233,403.00 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach a ciad cuid air a thabhann £59,506.00, do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 18 Fèisean.
1.2	**Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail, le àrdachadh ann an reata gach uair a thìde**
	3933 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2007-08 mar phàirt de thairgse tabhartais. Tha an reata a thathar a' moladh airson gach uair a thìde àrdachadh bho £6 gu £7.50
1.3	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Co-labhairt gu bhith san Aghaidh Mhòr air 14 & 15 Sultain 2007. Chaidh fiosrachadh tùsail a-mach gu Fèisean agus aoighean eile. Tha Linda Fabiani gu bhi bruidhinn aig a Coinneamh Bliadhnail agus tha Fèis Spè a cuir air dòigh ceòl.
1.4	**Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile**
	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna. Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a tha iomchaidh. Tha am Bòrd Stiùiridh ag iarraidh suim airson àrachais trustee indemnity. Tha FnG ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith cleachdadh àrachas ghnìomhachais ma tha iad a cleachdadh an carbad aca fhèin airson siubhal.
1.5	**Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean**.
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-samhraidh aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mor cuid air ais ans an oifis agus bithidh iad a dol a mach air mal a dh'aithghearr. Bithidh ionnstramaidean ri càradh cuideachd.
1.5	**A' fastadh gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh**
	Ìre reusanta de dh' fhastaidhean air an coileanadh ged a dh'fhaodadh agus tha seo nas àirde nan uiridh mo thràth. Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Tha iarrtais air ionnstramaidean ciùil doirbh ro-innse airson gu bheil ionnstramaidean eadar dhealaichte a dhith bho bhliadhna gu bliadhna.
1.7	**Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh**.
	Thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air an stòr-dàta gus a dhèanamh nas fhasa a chleachdadh Bu chòir don bhathar-bog a tha sinn a' cleachdadh leigeil leis an stòr-dàta a dhol air-loidhne airson 's gun urrainn do luchd-obrach agus Fèisean uile a ruigsinn. Ùrachadh leantainneach ga dhèanamh le dàta ùr ga chur ris mar a dh'fheumar, m.e. Comhairlichean agus BPA an as dèidh taghaidhean bho chionn ghoirid.

Staff member	**Iona NicDhòmhnaill**
Job Title	**Oifigear Thrèanaidh**
Period of Report	**An Cèitean – An t-Sultain 2007**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.2	**A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich**
	• Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta 's a ghabhas airson 's gun urrainn do shaor-thoilich an lìbhrigeadh. A' chuid as motha de phoileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn • Leantainneach

	• Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich • Cùrsa Chiad Chobhair air a ruith ann an Uibhist air iarrtas bho na Fèisean sa Chèitean.
	• Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig • Leantainneach
	• Sgrùdaidhean sgaoilidh agus Trèanadh Dìon Chloinne uile air an eagrachadh bhon mheadhan • Leantainneach
1.3	**Co-labhairt Bhliadhnail**
	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail(Targaid CEA)
	Co-labhairt gu bhith san Aghaidh Mhòr air 14 & 15 Sultain 2007
	Chaidh fiosrachadh tùsail a-mach gu Fèisean
	• Chaidh iarraidh air Linda Fabiani bruidhinn • Turas gu Bail' Ùr an t-Slèibhe (Taigh Tasgaidh Dualchas nan Gàidheal) air a chur air dòigh, le òraid bho Elspeth NicGilleBhrath air luchd-ciùil a bhuineas dhan àite. Cuideachd , òraid bho Jennifer McGlone air phròiseict YMI.
4.7	**Lìonradh Trèanaidh airson Luchd-teagaisg Ceòl Traidiseanta – TMTTN *(Traditional Music Tutor Training Network)***
	Leasaich solarachadh trèanaidh agus leasachadh proifeiseanta, fosgailte do gach neach an lùib a bhith a' brosnachadh, a' cur air dòigh agus a' gabhail com-pàirt ann am Fèisean, agus càch a tha an lùib leasachadh agus lìbhrigeadh ceòl traidiseanta (Targaid CEA)
	• Oifigear Leasachadh Trèanaidh ri coinneamh den TMTTN a ghairm ro dheireadh an Lùnastail gus adhartas ath-thòiseachadh • Air fiosrachadh a chur air falbh dha na buill, a' feuchainn ri latha a ghlèidheadh airson coinneimh. An dùil ri seo a chur air dòigh ro dheireadh na seachdaine (31/8)
5.2	**Pròram Trèanaidh Bliadhnail**
	Lìbhrig trèanadh do 20 Fèis gach bliadhna (Targaid IGE)
	• Thathar an dùil gun tèid an targaid seo a choileanadh leis an Fhèis Thrèanaidh a thèid a chumail sa Ghearran 2008 • Bha 18 fèisean air an riochdachadh aig an Fhèis sa Ghearrain 2007, le 60 duine.
	• Trèanadh leantainneach air a thabhann a rèir iarrtas, le 4 Fèisean aig tachartas ann an Uibhist sa Chèitean • Bha sianar ann gu lèir, a' riochdachadh FTAE agus FTAM, agus le Fiona, Oifigear Taice.
	Lìbhrig trèanadh do 50 neach-teagaisg agus neach-eagrachaidh gach bliadhna (Targaid IGE)
	• Coileanaidh an Fhèis Thrèanaidh a thèid a chumail sa Ghearran 2008 an targaid a rèir luchd-eagrachaidh • Thathar an dùil ri 30 neach-teagaisg air cùrsaichean Ìre I agus II aig SMO sa Ghearran 2008 • Cùrsa Ìre I cuideachd air a thabhann ann an Inbhir Nis san Lùnastal 2007 • Tha 34 neach-ciùil agus 46 neach-eagrachaidh air a dhol tron trèanadh anns na sia mìosan a chaidh seachad. • Dèan sgrùdadh air amalachadh beul-aithris/eachdraidh do thrèanadh luchd-teagaisg uile (sgeulachdan air cùl fuinn agus òrain, mothachadh mu thraidisean msaa) • Fo sgrùdadh. (Bha an cuspair ann mar phàirt dhen Fhèis Trèanaidh) • Lean air adhart le Pròram Trèanaidh san-taigh (Targaid IGE)
	• Bidh inntrigeadh in-thaigh ri fhaotainn do luchd-obrach ùr • Anna Willoughby – a' dèanamh adhartas le MBA • Iona NicDhòmhnaill – a' dèanamh adhartas le Ceum Maighsteir (Cultar) • Chris DePlano – an làthair aig cùrsa Margaidheachd 1 sheachdain san Òg-mhìos
	4 Seiseanan gràmar Gàidhlig airson luchd-obrach FnG (Targaid BnG) • Chaidh aon a chumail sa Ghearasdain air 12 Òg-mhìos agus tha fear eile stèidhichte airson Phort righ air 28 Lùnastal • Thèid dà cheann-là eile a chur air pròram ro 31 Màrt 2008 • Thèid seo a choileanadh air 28 Lùnastal.
	4 bùithtean-obrach cànain airson comataidhean Fèise aig diofar ìrean ro no ann am Màrt 2008 (Targaid BnG)
	Taic airson 20 neach gus cùrsa Gàidhlig, a tha a' freagairt air na feumalachdan aca, a dhèanamh ann an 2007-08 (Targaid BnG) Air a thabhann air stèidh leantainneach, le 13 neach an-dràsta a' gabhail trèanadh de dhiofar sheòrsachan ann an cànan na Gàidhlig

Staff member	**Christopher DePlano**
Job Title	**Marketing & Communications**
Period of Report	**May - September 2007**

Roinn	1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.9	**Dèanamh agus sgaoileadh naidheachdan cunbhalach agus fiosrachadh eile**
	Chaidh Faileas fhoillseachadh airson toiseach cuairt Ceòl nam Fèis. Thèid an ath iris fhoillseachadh airson a choinneamh bhliadhnail am meadhain an t-Sultain. Bidh seo a chiad turas a bhios sinn ga dhealbhadh 'in-house'. Chaidh brathan-naidheachd a sgaoileadh air cuairt Ceòl nam Fèis agus air fèisean-chiùil a th'air a ruith le Fèisean anns a Gàidhealtachd. Tha a mhòr chuid den fhiosrachadh mu dheidhinn Fèisean nan Gàidheal ri fhaighinn air an làrach-lìn ur againn. Bhon a chaidh i beò anns a' Ghiblein, thadhail còrr is 69,000 dhan làrach.
4.2	**Leasachadh Blas – A' Comharrachadh Ceòl na Gàidhealtachd**
	Làrach-lìn Blas ri bhith dà-chànanach (Targaid BnG)
	Chaidh an làrach-lìn beò (as dèidh an ath-leasachadh) 'sa Ghearran, a' faighinn 132,241 'visits' (agus 84,500 bhon Chèitean). Tha an làrach-lìn a nise gu tur dà-chànanach.
6.4	**Brosnachadh agus Margaidheachd**
	Àrdaich agus tog ìomhaigh Iomairt nam Fèisean agus a soirbheachais le 10 pìosan de chòmhdach ionadail/roinneil agus 3 pìosan de chòmhdach nàiseanta gach bliadhna. (Targaid IGE)
	Tha pìosan-naidheachd mu na fèisean agus naidheachdan ceangailte ris a bhuidheann air a bhi anns na pàipearan ionadail agus roinneil gu tric. Tha mi air a bhith ag obair còmhla ri fèisean agus na meadhanan gus tuilleadh 'coverage' fhaighinn. Tha mi cuideachd air a bhi a sgrìobhadh brathan-naidheachd air obair nam fèisean. Aig an ire-sa, chan eil dòigh-sgrùdaidh fhoirmeil againn, ach bith seo air a leasachadh tron ro-innleachd margaideachd, a thèid a dheasbad nuair a tha e deiseil.
6.5	**Fiosrachadh**
	Fiosrachadh uile ri dhèanamh dà-chànanach, no sa Ghàidhlig a-mhàin, far a bheil iomchaidh (Targaid BnG)
	Tha gach pìos conaltraidh (taobh a-muigh) a thaobh margaideachd agus conaltradh air a sgaoileadh ann an Gàidhlig agus Beurla. Tha mu 50% de dh'Fhaileas air fhoillseachadh ann an dà chànan, neo ann an Gàidhlig a mhàin. Tha làraich-lìn Fèis Bhlas agus Fèisean nan Gàidheal da-chànanach, agus tha mi air co-obrachadh le sgioba Feis Rois gus taobh Gàidhlig a chuir air an làrach-lìn aca fhèin anns an t-Sultain.
6.6	**Làrach-lìn agus Teicneolas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (TFC)**
	Ath-leasaich làthaireachd Fèisean nan Gàidheal air an eadar lìon airson 's gu bheil e air siostam stiùireadh susbaint (Targaid CEA)
	Tha làrach lìn air a bhith beò bhon Ghiblin 2007, agus tha a mhòr-chuid den stuth air an làrach ann an dà chànan. Bhon a chaidh I beò, a cleachdadh an t-siostam CMS, tha an làrach air fhaighinn còrr is 69,000 'visits'. Tha mi a leasachadh an làrach-lìn agus ga dhèanamh nas fheàrr airson feumalachdan na buidhne agus na buill a ruigsinn.
	Làrach-lìn dà-chànanach ri bhith air chois agus ag obrachadh ann an no ro dheireadh 2007 (Targaid BnG)
	Chaidh Làrach-lìn ùr aig Fèisean nan Gàidheal beo ann an dà chànan aig deireadh a Ghiblein 2007.

Neach-obrach	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**
Ràithe na h-aithisg	**Cèitean - Sultain 2007**

Earrann	1 Adhartas air Targaidean Fèisean nan Gàidheal a tha a' buntainn riumsa
Àir. Targaid	**Targaid** Iomradh air adhartais
2.1	**Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne**
	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA)
	Tha Buidheann stiùiridh na Sgoile Samhraidh air coinneachadh trì tursan gu ruige seo. Mar thoradh air na coinneamhan sin tha dèit airson na sgoile air aontachadh (Iuchar 2008 airson 3 seachdainean). Thèid a cumail ann an Steòrnabhagh agus bidh i ag amas air daoine aois 14 gu 18. A thuilleadh air FnG, Tosg, Eden Court agus Theatre Hebrides, tha Promote YT agus SYT air nochdadh gu bheil iad airson a bhith an sàs. Tha FnG a' smaoineachadh gu bheil e air leth cudromach gum bi e soilleir do chàch gur e pròiseact com-pàirteachaidh a tha seo, agus gum feum e taic bhon a h-uile buidheann a tha an sàs.
2.5	**Leasachadh Dràma na Gàidhlig**
	Leasaich 2 Fhèis airson dràma Gàidhlig (Targaid CEA)

	Tha dùil agam tadhal air Fèis Òigridh Ghlaschu as t-fhoghar a bhruidhinn riutha mu na tha fà-near dhaibh an-dràsta. Bidh mi cuideachd a' sgrùdadh na ghabhas dèanamh a thaobh a bhith a' leasachadh dràma ann an Inbhir Nis.
	Lìbhrig 2 sgoil shamhraidh Ghàidhlig aig a' char as lugha (Targaid IGE)
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha planaichean mu choinneamh na Sgoile Samhraidh air chois, agus gabhaidh a' chiad Sgoil àite san Iuchar/Lùnastal 2008. Chaidh aontachadh gun robh cus deasachaidh ri dhèanamh airson an Sgoil a ruith ann an 2007.
	Lìbhrig 4 pròiseactan dràma Gàidhlig ann an 2007-08 (Targaid BnG) ***agus*** **Cum 5 Fèisean Dràma air feadh na h-Alba le co-dhiù 30 sgoil a' gabhail com-pàirt**
	Tha planaichean air chois airson pròiseact dràma anns an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse. Cha robh sinn soirbheachail ann a bhith a' fastadh neach-obrach dràma, agus tha buaidh air a bhith aig sin air a' phròiseact seo. Mar thoradh air seo, bidh sinn a' cur a' phròiseict seo air ais, agus bithear a' cleachdadh luchd-teagaisg às an sgìre fhèin. Tha sinn ann an conaltradh an-dràsta le Eden Court mu bhith a' cur air dòigh pròiseact dràma eile ann an ceann a tuath na Gàidhealtachd. A thuilleadh air pròiseact an Eilein Sgitheanaich, bidh sinn a' cur air dòigh pròiseact coltach ris ann an colaistean agus oilthighean Alba, gus ùidh a bhrosnachadh am measg oileanaich ann an dràma. Thathar an dòchas cuideachd gun cruthaich seo "pool" de dhaoine a dh'fhaodadh a bhith an sàs anns an Sgoil Shamhraidh. Theid na pròiseactan soirbheachail a chaidh a chumail ann an Earra Ghàidheal agus Leòdhas an-uiridh a ruith a-rithist am-bliadhna. Tha sinn cuideachd am beachd pròiseact dràma a stèidheachadh ann an Uibhist agus Barraigh. Bhruidhinn sinn ri Comhairle nan Eilean mu dheidhinn seo an-uiridh, agus tha iad fèin airson taic a chur ris a leithid de dh'iomairt.
3.3	**Obair air Cànan na Gàidhlig ann an sgoiltean**
	Meanbh-Chuileag ri tadhal air sgìrean 5 LEC gach bliadhna (Targaid IGE)
	Thuige seo cha d' fhuaradh dearbhadh air taic-airgid airson Meanbh-chuileag bho BhnG airson na bliadhna sa. Mar sin, chan urrainn dhuinn planaichean a dhèanamh airson cuairt-sgoiltean.
4.2	**4 bùithtean-obrach aon-latha airson luchd-teagaisg dràma air feadh na h-Alba (Targaid BnG)**
	Bidh sinn a' cumail deireadh-seachdain trèanaidh do luchd-teagaisg dràma san t-Sultain ann am Peairt. Bidh seo ag amas air daoine aig a bheil beagan eòlas air dràma a tha ag iarraidh na sgilean teagaisg aca a leasachadh. 'S e luchd-teagaisg le eòlas air teagasg aig Fèisean agus ann an suidheachaidhean eile a bhios a' teagasg air a' chùrsa seo. A thuilleadh air seo bidh sinn a' cumail co-dhiù dà thachartas trèanaidh eile eadar seo agus samhradh 08 mu choinneamh na Sgoile Samhraidh Dràma. Bidh iad seo ag amas air luchd-amhairc agus luchd-teagaisg a dh'fhaodadh a bhith an sàs anns an Sgoil, ach bidh iad cuideachd feumail do dhaoine eile, e.g. tidsearan agus buill de bhuidhnean dràma ionadail. 'S e am buannachadh a thig às a seo gun tèid an àireamh de luchd-teagaisg dràma a leudachadh. Bidh sinn cuideachd a' coimhead air a bhith a' tabhann cothrom do luchd-teagaisg dràma na sgilean dràma aca a leasachadh le bhith gan cur do bhuidhnean eile airson sgilean ùra ionnsachadh.
6.5	**Fiosrachadh**
	Fiosrachadh uile ri dhèanamh dà-chànanach, no sa Ghàidhlig a-mhàin, far a bheil iomchaidh (Targaid BnG)
	Tha na stuthan uile aig FnG gan deasachadh a rèir nan slatan-tomhais seo. Feumaidh gach Fèis an leantainn, agus gheibhear taic sam bith mu choinneamh seo ma tha sin a dhìth.

Neach-obrach	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Oifigeir Gàidhlig**
Ràithe na h-aithisg	**Ceitean – An t-Sultain 2007**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid 2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**

2.1	**Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne**
	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA) Tha am poileasaidh Gàidhlig air a bhith ann an àite nis airson cha mhòr trì bliadhna agus tha sinn ag obair gu dlùth a' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' gabhail ris a' phoileasaidh. Tha sinn a' toirt cuideachadh gu cuid dhan na Fèisean le bhith eadar-theangachadh an fhiosrachadh a bhios iad a' sgaoileadh agus tha mi an dràsta a' cur planaichean ri chèile airson Pasgan Gàidhlig ùr dhan na Fèisean agus tha mi cuideachd a' dol a dhèanamh nas soilleir gu gach Fèis an cuideachadh a dh'fhaodadh iad a' faighinn leis am poileasaidh Gàidhlig a chuir an gnìomh. Tha Dougie Beck an sàs leis am pròiseact airson an sgoil shamhraidh Dhràma agus tha na planaichean a' tighinn ri chèile glè mhath.
2.2	**Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig**
	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail. Tha an Sgioba-G air a bhith ag obair agus a' toirt taic gu ceithir Fèisean thairis air an t-samhraidh agus bidh iad a' toirt cuideachadh gu dà Fèisean anns an Dàmhair. Tha mi ag obair air cur-seachadan ùra a chuir ri chèile airson na rudan a bhios Sgioba-G a' dèanamh agus gu h-airidh leis na compiutairean is cameraichean a fhuair sinn bho Bòrd na Gàidhlig. Tha stòr-data de dh'ainmean agam le daoine a bhiodh comasach air obair an Sgioba-G a dhèanamh. Tha seo air a dhèanamh an àrda bho cuid de na daoine a bha an làthair aig na làithean trèanaidh a chum sinn an-uiridh agus a bharrachad air an seo tha mi air cluinntinn bho daoine na dhithis eile aig a bheil ùidh ann a bhith sàs leis an obair seo.
2.3	**Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**
	Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007 (Targaid BNAG) Thathar ag obair air an stòr-data an-dràsta. Uair sam bith a bhios sinn a' lorg no a' cruthachadh abairt no facal ùr, bidh e a' dol a-steach don a' stòr-dàta. Tha mi air a bhith cruinneachadh rudan mar ainmean àite, abairtean is faclan feumail tha nochdadh tric ann an obair na Fèisean agus briathrachas ceart son buidhnean oifigeil. Thathar an sùileachadh gum bi an stòr-data air loidhne ro deireadh na bliadhna agus an-dràsta tha mi a' feuchainn ri cruth freagarrach a dhealbhadh airson an làrach-lìn a bhios furasta agus feumail don na luchd-cleachdaidh. **Gàidhlig ri bhith faicsinneach air bileagan fiosrachaidh uile airson Fèisean ionadail le 30% ri bhith gu tur dà-chànanach (Targaid BNAG)** Tha sinn a' dèanamh oidhirp mhath le na Fèisean a bhith sgaoileadh fiosrachadh gu dà-chànanach. Tha e na amas dhuinn, agus aon dhan na targaidean a tha BNAG air iarraidh oirnn, gum bi co-dhiù 30% dhan an fhiosrachadh tha gach Fèis a' sgaoileadh anns an dà-chànan. Tha mi fhìn agus Dougie air a bhith eadar-theangachadh cuid dhan an stuth seo agus leis na pasgain ùra a bhios mi a' cur ri chèile thèid iarraidh air gach Fèis a chumail ri seo agus gum bheil taic ann airson seo a thoirt gu buil.

Neach-obrach	**Nicola Marshall**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**Ceitean – An t-Sultain 2007**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid 1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.** Bha Fèis Alba anns a' phloc air a' chiad seachdain den Iuchar. Bha mi ann airson an t-seachdain a' dèanamh cinnteach gu robh a h-uile rud a' ruith ceart. Chaidh tri buidhnean 'Ceilidh Trail' don fhèis agus buidheann eile bhon 'Youth Gaitherin' ann an Dun Èideann, bha 31 com-pàirtichean ann air fad. Am bliadhna seo bha an consart ann an ostail na sgoile. Dh'obraich seo uabhasach math, bha an àite làn agus thug sinn bronntanas gu maoin an ostail. Tha nis càirdeas math eadar Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Chiùil agus Ostail na Sgoile.

	Bha dà eile dhan na Fèisean agam air a' chiad seachdain den Iuchar, Fèis na h-Òige agus Fèis Chataibh. Bha mi a' bruidhinn riutha gu math tric ro na tachartasan seo. Air 23 Iuchar chaidh mi a thadhail air Fèis Gleann Albainn a tha dol bho neart gu neart. Bha mu 50 chom-pàirtichean ann le 20 eile anns an Fhèis Bheag. Tha an comataidh ag obrachadh gu dlùth air an Fhèis aca a' leudachadh. Tha na Fèisean fhathast a' cleachdadh a' mhaoin leasachaidh agus tha Fèis a' Bhaile dol a dhèanamh bùiththean-obrach air Òrain Luadh airson clann is Inbhich. Tha buidheann à Drochaid a Bhannath air ùidh a thogail ann am Fèis tro mheadhain na Gàidhlig a thòiseachadh anns an sgìre, obraichaidh mi le Calum Ailig airson seo a leudachadh ma tha e iomchaidh. Tha grunn math dha na Fèisean agam air a bhith an sàs le pròiseactan airson Gàidhealtachd 2007 agus tha Fèis Spè air Ceilidh air Cuairt ùr a thòiseachadh.
Targaid 2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Tha dreuchd ùr air comataidh Fèis Gleann Albainn a-nis airson oifigear Gàidhlig. Bidh Jill Skeoch a' dèanamh an obair seo agus tha I an-dràsta a' dèanamh an cùrsa inntrigeadh. Bha coinneamh aice còmhla ri Calum Alex mu dheidhinn Gàidhlig a' leasachadh anns an obair air fad aca. Bha trioblaid aig Fèis Chataibh a' sgrìobhadh an stuthan aca ann an Gàidhlig agus Beurla agus bidh feum againn air beagan obair a' dhèanamh còmhla riutha anns an àm ri teachd. Thug Fèis na h-Òige taic do buidhnean Gàidhlig ionadail eile airson latha-fiosrachaidh a chuir air dòigh air an t-samhraidh. Bha clas ann an 'Sgilean taisbeanaidh Gàidhlig' airson a h-uile com-pàirtiche aig Fèis Alba. Obraich seo glè mhath agus bha duine fileanta agus luch-ionnsachaidh a cleachdadh tòrr Ghàidhlig air an àrd ùrlar aig deireadh na seachdain.
Targaid 3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Bidh Fèis Spè, Fèis an Earraich, Fèis Chataibh agus Fèis Rois a' leantainn le YMI anns na bun-sgoiltean. Bidh Fèis Spè a' cur luchd-ciùil anns na h-àrd-sgoiltean an teirm seo airson an fhèis aca fhèin a cuir air adhart. Bha mi fhèin agus Daibhidh Boag a bruidhinn ri Jennifer McGlone mu dheidhinn pròiseact airson sgrìobhadh òran ùra Ghàidhlig.
Targaid 4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas agus bidh mi aig iomadach consart mar phàirt den fhèis. Cuideachd bidh mi a' cur air dòigh àrd-ùrlaran fosgailte air a' chiad deireadh-seachdain agus an, deireadh-seachdain mu-dheireadh den fhèis. Bidh a' chiad fhear air Disathairne 1 Sultain ann an Inbhir Nis agus and darna fear anns a' Ghearasdain air Disathairne 8 Sultain. Tha Ceilidh Trail ùr aig Fèis Spè a-nis air feadh Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Bha mi aig a' chiad deireadh-seachdain trèanaidh aca air 8&9 Òg Mhios agus chaidh mi gu Bràigh Mhàrr airson a' chiad chonsart den turas. Bha an turas air fad glè mhath agus bha ùidh aig tòrr dhaoine anns a' phròiseact. Bidh an turas a' leantainn anns an Dùbhlachd airson seachdain. Bha Cèilidhean air Cuairt ann an Chataibh, Siorrachd-Rois agus an t-Eilean Sgitheanach cuideachd. Chluich iad uile ann an teant Blas aig an Fhèis 'Beat the Drum' agus tha iad uile a' cluiche aig ire gu math àrd.
Targaid 5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean** • 12 Òg Mhios - Latha Gràmar anns a' Ghearasdain. • 19 Òg Mhios – Coinneamh le Christine & Sileas mu dheidhinn taic-airgead YMI • 14 Lùnastal – Coinneamh luchd-obrach, Inbhir Nis • 31 Lùnastal – Measadh • A sàs ann an trèanadh airson Ceilidh Trail
Targaid 6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**

	Bha mi an sàs ann an iomadach phròiseact thairis air an t-samhraidh. Bha mi aig Geamannan Ghàidhealach Inbhir Nis agus Fèis Inbhir Nis airson Blas, Ness Fest agus Fèis a' Bhaile a cuir air adhart. Pròiseactan airson Gaidhealtachd 2007 Fèis Spè 'An dè 's an diugh'. Consart le com-pàirtichean Fèis Spè agus luchd-ciùil proifeiseanta a bha aig an Fhèis nuair a bha iad òg. Cuidichidh mi le obair-deasachadh air latha an consart. Rinn Fèis a' Bhaile sreath de bhùiththean-obrach dannsa ceum agus aig deireadh an t-sreath bha consart beag ann an 'Tullochs Traditional Music Tent' aig Geamannan Gàidhealach Inbhir Nis. Rinn mi tòrr obair còmhla ri Fèis Gleann Albainn airson naoi mìosan airson Fèis ciùil a chuir air dòigh. Thachair e air 3&4 Lùnastal agus bha luchd-ciùil ann bho na Fèisean ionadail a bharrachd air luchd-ciùil proifeiseanta mar Shooglenifty. Fhuair tachartasan 2007 agus an cuid as motha de na Fèisean, nam measg Fèis Alba, air tòrr shanasachd fhaighinn anns na Pàipearan ionadail. Tha na meadhanan air tòrr shanasachd a thoirt dha na Fèisean air fad fiu 's gu bheil tòrr eile air a bhith tachairt air am bliadhna. Tha mi air iomadach brath-naidheachd a sgrìobhadh airson Fèisean Alba, Cèilidhean air chuairt sa Mhonaidh Ruaidh, agus NessFest. Fhuair Fèis Gleann Albainn pìosan naidheachd air rèidio agus an Telebhisean airson NessFest. Anns an t-Òg Mhios bha mi an sàs le turas Ceòl nam Fèis mar stiùiriche. Bha mi a' stiùireadh nan fheadhainn a bha fuireach ann an Ostail Òigridh Inbhir Nis fhads sa bha iad ag ullachadh airson an turas agus shiubhail mi an uairsin a' Ghlaschu agus Dun Èideann airson na consartan. Rinn na com-pàirtichean uabhasach math agus chòrd e rium a bhith an sàs sa phròiseact. Mar a th'air ainmeachadh gu h-àrda bha na buidhnean cèilidhean air chuairt a' gabhail pàirt ann am Fèis Runrig 'Beat the Drum' agus choimhead mi as dèidh am buidheann bho Fhèis Spè. Bha an latha fhèin air a mhilleadh le droch-thìde ach bha an teanta Blas uabhasach soirbheachail agus chuir na buidhnean consart air leth air.

Neach-obrach	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Taice**
Ràithe na h-aithisg	**Ceitean – An t-Sultain 2007**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid 1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.** **Cèitean** **1** Choinnich mi le Oifigear YMI a-rithist, Sileas Sinclair - Fèis Latharna. **9** Coinneamh ann an Dun Omhain mu dheidhinn Fèis ùr ann an Còmhall. Tha Comataidh a' Chomunn Ghàidhealaich airson cuideachadh le tachartas beag ionadail a bhiodh a' ruith aig deireadh a' Chèitean. Tha iad gu mòr airson rudeigin a dhèanamh agus tha iarrtas airson ballrachd a-nis aig FNG. **17** Coinneamh le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Coisir Òigridh Nàiseanta airson Alba ann an Inbhir Aora airson bruidhinn mun a' chothrom airson trèanadh fhaighinn airson Coisir Òigridh ann an Earra-Ghàidheal. A-leantainn **Òg-Mhios** An làthair agus a' cuideachadh aig Fèis Innis an Uillt. Bha àireamhan aig 40+. An triup mu dheireadh bha mi aig an Fhèis mhothaich mi gu robh tòrr chloinne òga aig cuid dhan a' chomataidh agus thuirt mi ruith gum biodh e math còileagain a bhith aca 's gum faigheadh iad ùine son an Fhèis a' ruith ceart. Bha seo uabhasach soirbheachail. Tha sinn a bruidhinn air an Fhèis a' leudachadh gu deireadh-seachdain fada co-dhiù. A-leantainn **6** An làthair aig coinneamh le Fèis Lannraig a Tuath airson bruidhinn mu mhaoineachadh, a taghadh luchd-teagaisg agus a' sealltainn air seirbheis dìon chloinne. Tha iad a beachdachadh air Fèis tro mheadhain a' Ghàidhlig a chumail an ath-bhliadhn'

	11 Coinneamh le riochdaire YMI san Obainn mu phròiseact Fhèis Latharna **12** An làthair aig latha gràmair anns a' Ghearasdan. **19** Coinneamh le N Marshall mu iarrtas YMI. A-leantainn **26** Coinneamh le Aileen Douthwaite, Co-òrdanaiche Ionnstramaidean Sgoile Dun Bhreatainn an Iar . Tha i airson pròiseact a' ruith a bhiodh a' teagaisg seinn agus ionnstramaidean traidiseanta a h-uile madainn Disathairne. Cuideachd, coinneamh le comhairle Dumbarton (Foghlam sa Choimhearnachd) mu dheidhinn maoineachaidh Fhèis Dhun Bhreatainn. Fhathast ann an Dun Bhreatainn, Coinneamh le Fèis Dhùn Bhreatainn agus Kate Adams mu dheidhinn structair an Fhèis. **Iuchar 9-13** An làthair aig Fèis Thiriodh. Bha mi coimhead as dèidh Fèis Bheag air a' mhadainn agus a cuideachadh aig na h-amannan eile. Ghabh mi pàirt aig a' chèilidh mar as àbhaist! Bha 67 chom-pàirtichean. **Lùnastal 1 -3** A' cuideachadh aig Fèis Lannraig a Tuath, A' ruith seirbheis còmhdhail airson na luchd-teagaisg, rinn mi an àrda liosta de thachartasan, thog mi dealbhan agus rinn mi an àrd program airson na h-oidhcheannan. Rinn mi an àrd taisbeanadh power-point airson an ath-choinneamh leis a' Chomhairle. Bha 47 chom-pàirtichean ann. Bha clas ùr ann am bliadhna 'Tai Kwan Do', 'S e chòrd riutha!
Targaid 2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Thairis air na ceithir bhliadhna tha mi air a bhith anns an obair seo, tha mi air mothachadh gu bheil an ìre de Ghàidhlig air àrdachadh aig na Fèisean. Tha gach Fèis a' cleachdadh soidhnichean dorais agus postairean agus tha an fhiosrachadh tha iad a' sgaoileadh dà-chànanach. • Tha Fèis Dhùn Bhreatainn a' ruith clasaichean Gàidhlig airson a' chomataidh aca. • Tha Fèis Àrainn a' ruith clasaichean goirid airson na com-pàirtichean agus bidh iad cuideachd ag eadar-theangachadh ainmean-àite, Bidh Fèis Latharna a' dèanamh seo cuideachd. • Tha Fèis Lannraig a' ruith cha mhòr na clasaichean gu lèir tro mheadhan na Ghàidhlig. An aon chlas nach robh tron a' Ghàidhlig bha cuideigin a-staigh ag eadar-theangachadh. Bu choir gum bi an Fhèis seo gu lèir tron a' Ghàidhlig anns an àm ri teachd. • "S e an rud as soirbheachail, airson Gàidhlig a' leudachadh, an Fhèis Dhràma. Bha e cho soirbheachail 's gun d' thànaig "Dè a Nis?" airson fiolmadh a dhèanamh agus bha iad gu math toilichte le cho math sa bha Gàidhlig na Cloinne. Ach, bu chaol leam barrachd dealasachd fhaighinn bhon na comataidhean airson a' chànain. Tha na comataidhean aig am bheil ùidh anns a' Ghàidhlig an còmhnaidh a' cur barrachd Gàidhlig dhan na Fèisean aca.
Targaid 3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	• Tha Fèis Cheann Loch Goibhle a' ruith pròram Sgoile a tha gu math soirbheachail. • Tha Fèis Dhùn Bhreatainn air a bhith cur neach-teagaisg seinn timcheall na sgoiltean agus tha seo air a bhith dol glè mhath. • Tha Fèis Ghlaschu cuideachd a' cur luchd-teagaisg timcheall na sgoiltean. • Tha còmhraidhean air a bhith aig Fèis Latharna agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid mu clasaichean cheòl thraidiseanta anns na sgoiltean agus tha iad a' cur air thoiseach ceangal eadar an Fhèis a' cleachdadh luchd-teagaisg airson a leudachadh leis an Coisir Òigridh Ghàidhlig.
Targaid 5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	Lùnastal 13 Bha mi an làthair aig coinneamh an luchd-obrach airson bruidhinn mu aithrisean, conaltradh agus structar am buidheann. Tha mi, mar bu trice, ri fhaighinn airson bruidhinn agus a' cur pròiseactan ùra air dòigh airson na Fèisean tha nas trainge, airson nan fheadhainn nach eil cho trang m.e. Fèis Mhuile tha mi dhan chuideachadh le bhith brosnachadh barrachd tachartasan is pròiseactan ùra a thòiseachadh. A-leantainn • Tha mi air a bhith aig a h-uile bùth-obrach gràmair • Tha mi air a bhith brosnachadh na Fèisean agam airson a bhith dol airson bùithtean obrach trèanaidh a tha freagarrach dhaibh. • Bha mi an làthair air bùth obrach Adobe • Tha mi air a bhith brosnachadh luchd-teagaisg air am bheil mi eòlach son a bhith dol gu bùithtean obrach luchd-teagaisg a tha FNG a cuir air dòigh. • Tha mi air a bhith coimhead a-mach airson daoine òga a dh'fhaodadh a bhith uabhasach math air teagaisg aig Fèisean. • Tha mi an còmhnaidh ag innse dhan na Fèisean agam ma tha cothroman trèanaidh ann.
Targaid 6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**

	Òg Mhios 7 & 8 Chuidich mi le ceangal Alba/Èireannach de dh' Iomairt Chaluim Chille as an Obainn agus Eilean Ì. Fhuair mi luchd-teagaisg agus chuidich mi le stiùireadh agus bhruidhinn mi ri Malcolm Scott mu chothroman co-obrachadh a dhèanamh anns an àm ri teachd. • Tha mi air a bhith aig choinneamhan le comhairlean ionadail airson bruidhinn mu adhartas tachartasan man FèiseanHave been to several local council meetings to discuss progression of Fèis activities • Tha càirdeas math eadar mi fhìn agus na sgiobannan foghlaim choimhearsnachdan. • Tha mi a' faighinn cuireadh gu tòrr thachartasan bho diofar bhuidhnean, m.e. NVA- Taisbeanadh aca ann an Earra-Ghàidheal an ath-mhios • Tha mi air pìosan sgrìobhadh agus ullachadh airson pàipearan naidheachd leithid "Oban Times" agus "Argyllshire Advertiser" • Tha mi air a bhith brosnachadh stèiseanan rèidio agus TBH ùidh a thogail as na tachartasan tha na Fèisean a' ruith ann an Earra-Ghàidheal. • Tha mi air pìosan a' sgrìobhadh airson Faileas. • Tha mi smaoineachadh gu bheil an stòras as motha de dhealbhan Fèise agam!

Neach-obrach	**Fiona Ironside**
Dreuchd	**Oifigear leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**Ceitean – An t-Sultain 2007**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid 1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Coinneamhan le Fèisean • 2 Cèitean – Ag obair le Niki Robertson, Feis Òigridh na Mara – Coinneamh airson bruidhinn mu na duilgheadasan a bh' aca leis an sgeama fàirdealan son na clasaichean Fèise – bha an suidheachadh a' ciallachadh gu robh cuid de dhaoine faighinn pàigheadh ro anmoch agus bha seo cuideachd a' ciallachadh gu robh trioblaidean le airgead. • 8 Cèitean – An làthair aig coinneamh Fhèis Lochabair. • 9 Cèitean – An làthair aig coinneamh Fhèis Òigridh na Mara • 24 Cèitean – Fèis nan Garbh Chrìochan – ag obair air formaichean dìon chloinne agus coinneamh buidheann stiùiridh Fhèisean Lochabair ann an Atharrachail • 1 Òg mhios – An làthair aig coinneamh Fhèis Eige. • 14 Òg mhios – An làthair aig coinneamh Fhèis nan Garbh Chrìochan. • 26 Òg mhios Ag obair le Lesley MacMaster, Feis nan Garbh Chrìochan – Chuidich mi le trioblaidean eadar-lìon a chuir ceart agus trioblaidean le stòr-data na clasaichean leantainneach. A' cur m'ainm sgrìobhte air formaichean dìon chloinne. • 16 – 20 Iuchar – Fèis nan Garbh Chrìochan. Faic gu h-ìosal • 20 – 22 Iuchar – Fèis Eige. Faic gu h-ìosal • 22 Lùnastal – An làthair aig coinneamh Fhèis Òigridh na Mara • 27 Lùnastal – Coinneamh Fhèis Lochabair Bha Feis nan Garbh Chrìochan uabhasach soirbheachail anns an t-Iuchar le 87 chom-pàirtichean aig am prìomh fhèis (bha 25 a' fuireach fad na h-ùine). Bha 17 aig an Fhèis bheag. Bha mi an làthair air dhà dha na làithean, a' cuideachadh aig àm lòn agus a' dèanamh obair rianachd is eile, ach bha an comataidh cho làidir is èifeachdachd 's nach robh mòran ann a dhèanainn! Tha an fhiosrachadh a tha air a thighinn air ais bho na luchd-teagaisg agus na com-pàirtichean air a bhith uabhasach fàbharach. Tha Feis nan Garbh Chrìochan air clasaichean Chlàrsaich a chuir ri na cuspairean a tha ri fhaotainn aig na clasaichean leantainneach aca, aig an ìre seo tha 7 air na h-ainmean aca a chuir ri na clasaichean, a tha tòiseachadh an ath-sheachdain. Bha Fèis Eige a' gabhail àite air an deireadh sheachdain 20 – 22 Iuchar le àireamhan math a' gabhail pàirt. Gu mì fhortanach bha mi air làithean saora 's cha d'fhuair mi ann. Tha an comataidh ag ràdh gu robh e uabhasach soirbheachail agus tha iad a-nis ag ullachadh airson deireadh seachdain airson a' melodeon anns an t-Sultain. Bha latha 'Trobhad is Feuch' aig Fèis Òigridh na Mara le Gary Innes a' teagaisg bocsa, bha tòir an làthair agus tha latha eile air a chuir air dòigh. Ma tha gu leòr ùidh ann tha iad am beachd clasaichean bocsa a thòiseachadh aig na clasaichean leantainneach. Tha iad a-nis ag ullachadh airson am prìomh fhèis aca a bhios air san t-Samhain.
Targaid 2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**

	• Bha na soidhnichean aig Fèis nan Garbh Chrìochan agus Feis Eige ann an Gàidhlig. • Tha bileagan fiosrachaidh nam fèisean ann an Gàidhlig • Bha Gàidhlig aig tòrr dhan na luchd-teagaisg a bh'aig Feis nan garbh Chrìochan agus bha consart nan luchd-teagaisg agus consart nan com-pàirtichean air an dèanamh gu dà chànanach • Rinn dithis bho Fhèis nan Garbh Chrìochan seachdain aig SMO anns an t-Iuchar
Targaid 3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	• Tha na clàr-amannan a-nis deiseil airson ICO airson 28 bun-sgoiltean ann an sgìre Lochabair, bidh iad seo a' ruith ann an trì pàirtean de cheithir sheachdainean ann an 2007/08. Bidh gach sgoil a' faighinn teagaisg ann an trì chuspairean a thaghadh iad bho; Fideag, Obair-Bhuidhne, Seinn Gàidhlig agus Seinn Gàidhlig do chloinne. • Le pàirt dhan an t-airgead a fhuair iad bhon a' bhuidseat cultural aig Gàidhealtachd 2007, Dh'iarr àrd-sgoil Ceann Loch Lìobhainn agus na bun-sgoiltean aig a bheil ceangal leis oirnne tachartasan cheòl thraidiseanta a chuir air. • Chuidich mi an àrd-sgoil le 'fèis-goirid' a chuir air dòigh sa Chèitean, le teagaisg ann an Seinn, Fìdeag agus Dannsa-ceum. Bha an Ceann-sgoile uabhasach toilichte le mar a rinn na cloinne 's gun do dh'iarr e air na luchd-teagaisg a thighinn air ais son latha-ullachaidh eile airson consart na sgoile aig deireadh an teirm. • Dh'iarr na ceithir sgoiltean aig a bheil ceangal ris an àrd-sgoil orm program de theagasg ann an seinn, coltach ris an teagaisg ICO a bhios iad a faighinn. Fhuair gach sgoile dà uair a thìde gach seachdain airson ceithir sheachdainean.
Targaid 4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	• Bha Cèilidhean air Chuairt ann an Lochabair a' gabhail àite air 6 – 29 Iuchar agus ha e uabhasach soirbheachail. Chluich iad ann an 20 àite air feadh Lochabair bho turasan mara gu sèasanan anns an taigh-òsda. Tha an fhiosrachadh a tha air a thighinn air ais thugainn uabhasach fàbharach agus chòrd an turas ri na com-pàirtichean agus bha follaiseach gun do rinn iad oidhirp math ro dheireadh an turas. Chaidh iad a chluich aig Ness Fest agus an uairsin Beat the Drum agus tha iad a-nis ag ullachadh airson consartan Blas. • Bha mi ag obair le co-òrdanaiche a' 'Chèilidh air Cuairt', Sileas Sinclair, aon latha gach seachdain a' tighinn an àrda chun an turas, a' toirt taic dhith le na planaichean a chuir air dòigh. Bha mi fhìn no Sileas an làthair aig a h-uile consart le taic-stiùiridh a bharrachd aig amannan bho Megan NicEanraig. Tha sinn a-nis a' ceangal an àrda gnothaichean ionmhais den turas. • Tha sinn air a bhith a cuir air adhart Fèis Blas aig na consartan a rinn a' Chèilidh air cuairt, a' toirt seachad bileagan fiosrachaidh. • Bidh mi a' riochdachadh Blas aig 6 consartan ann an Lochabair
Targaid 5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	• Bha mi an làthair aig latha gràmair FNG air 12 Òg-Mhios agus rinn mi seachdain aig SMO 30 Iuchar- 5 Lùnastal. Tha mi an-dràsta a' dèanamh Earrann 3 den An Cùrsa Inntrigidh • Dh'innis mi do Lesley MacMaster & Lyndsay Bradley, Feis nan Garbh Chrìochan gun cuidicheadh FnG le cosgaisean airson cùrsa Gàidhlig, rinn iad seachdain aig SMO anns an t-Iuchar. • Chaidh innse gu na luchd-teagaisg a bha an sàs le ICO Lochabair gu robh làithean trèanaidh ri fhaotainn – chaidh Anne Mhàrtainn air an deireadh seachdain trèanaidh aig Doug Goodwin • Tha an fhiosrachadh mu na cùrsaichean trèanaidh air an toirt seachad gu Fèisean Lochabair airson na luchd-teagaisg aca.
Targaid 6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.** Coinneamhan/Tachartasan san robh mi an làthair: • 1 Cèitean – An làthair aig coinneamh 'Iomall a' Mhòid' • 15 Cèitean – An làthair aig coinneamh Leasaichaidh Ghàidhlig Lochabair. • 16 Cèitean – Còmhla ri Catriona Nic an t-Saoir. Chuir sinn air dòigh cèilidh do dhaoine a bha air turas a-null a' Cheap Breatainn. Thànaig cuid de na buill de chomataidhean Fhèis Lochabair is Fhèis nan Garbh Chrìochan, chluiche a' Chèilidh air Cuairt agus abair gu robh oidhche mhath againn. • 27 Òg-Mhios – An làthair aig coinneamh 'Iomall a' Mhòid' • 29&30 Òg-Mhios – A' stiùireadh aig Ceòl nam Fèis • 29 Lùnastal - An làthair aig coinneamh 'Iomall a' Mhòid'

	• Tha mi an làthair tric aig na coinneamh Iomall a' Mhòid 's chaidh iarraidh orm ùrlar-fosgailte a dhèanamh gach latha den Mhòid airson com-pàirtichean/cloinne Fèis agus luchd-ciùil sam bith eile a bhios an làthair. • Bidh mi a riochdachadh an Fhèis aig coinneamhan den Bhuidheann Leasachaidh Gàidhlig Lochabair. • Bidh mi ag obair gu dlùth le Sgoiltean Lochabair tro obair an ICO agus cuideachd na sgoiltean a bha an sàs leis am pròiseact Gealladh Mòr 2007 (faic gu h-àrda) Bha tòrr dhan na h-àrd-sgoiltean ann an Lochabair cuideachail le rannsachadh a rinn mi mu bhith tòiseachadh fèis do dheugairean anns an sgìre. • Fhuair a' Chèilidh air Cuairt tòrr shanasachd ann am pàipearan ionadail agus Rèidio Nibhis. Phàigh sinn airson sanasan anns an Oban Times, Lochaber News agus Westword. Chuir sinn fios dhan Oban Times a chuir fear-naidheachd don a' chiad chonsart a rinn sinn – bhon a seo fhuair sinn dealbh agus pìos-sgrìobhte math sa phàipear. • Bha pìos ann am Faileas mu ICO ann an Lochabair agus gu h-airidh air na h-eileanan beaga agus Cnòideart. • Fhuair Fèis Lochabair agus Fèis nan Garbh Chrìochan tòrr shanasachd san Oban Times. • Chluich a' Chèilidh air Cuairt aig Nessfest ann an Gleann Albainn agus cuideachd ann an Teanta Blas aig Beat the Drum • Thug an turas 'Ceòl nam Feis' cothrom mhath do òigridh na Fèise na sgilean aca thaisbeanadh ann am Beannchar, Peairt, Glaschu agus Dùn Èideann. Bha an Ceilidh air Chuairt bhon uiridh a gabhail pàirt agus bha mi fhìn nam stiùiriche ann an Glaschu agus Dun Èideann • Tha mi an-dràsta a' conaltradh ri na h-eagraichean UCI Cupa na Cruinne a tha gabhail àite anns a' Ghearasdain tràth san t-Sultain. Tha mi air an Cèilidh air Chuairt a chuir air adhart son seo fhosgladh agus tha mi feitheamh airson fios air ais mu seo.

Fèisean nan Gàidheal

Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail 2007
Àireamh air a' Chlàr Ghnothaich: 3.2007.06(b)

Dihaoine 14 Sultain

14.30 Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

18.00 A' Coinneamh Bhliadhnail

19.00 Deoch ro-dhìnneir agus ceòl bho Fèis Spè

19.30 Linda Fabiani MSP, Ministear airson na h-Eòrpa, Cultair agus Cùisean Taobh a-muigh

20.00 Dìnneir agus Cèilidh

Disathairne 15 Sultain

09.30 Jennifer McGlone, Oifigear Ciùil na h-Òigridh, Comhairle Ealain na h-Alba
Ionmhas na h-Iomairt Chìuil Òigridh (taobh a-muigh foghlam foirmeil)

10.30 Chris DePlano, Oifigear Margaideachd agus Conaltraidh, Fèisean nan Gàidheal
Làrach-lìn ùr Fhèisean nan Gàidheal Website agus na gabhadh a dhèanamh leatha le na Fèisean

11.00 Tì/Cofaidh

11.15 Turas gu Taigh-tasgaidh Dualchas nan Gàidheal ann am Baile Ùr an t-Slèibhe
Air n t-slighe bidh Elspeth NicIlleBhrath a' toirt dhuinn òraid air luchd-ciùil ainmeil sgìre Bhàideanach

13.15 Lòn anns an Aghaidh Mhòir agus sgaoileadh

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2007

Fèisean nan Gàidheal

Iarrtas Ballrachd
Àireamh air a' Chlàr Ghnothaich: 3.2007.06(b)

Iarrtas Ballrachd – Membership application

Airson ballrachd a thoirt a-mach le Fèisean nan Gàidheal, feumaidh sinn fiosrachadh fhaighinn bhuaibh a leigeas leinn cead a' Bhùird-Stiùiridh againn fhaotainn ballrachd a thoirt dhuibh. Ma bhios sibh soirbheachail bidh na cùnnraidhean a leanas an cois ur ballrachd.

To be considered for membership of Fèisean nan Gàidheal, we need to get some information from you which will allow us to get approval from our Board of Directors to offer you membership.

1. **Feumaidh gach fèis a bhith a' cur air dòigh cothroman-teagaisg airson òigridh eadar 8 agus 18, le Gàidhlig na pàirt gu math mòr nan lùib, a bharrachd air ceòl bhon dhualchas Gàidhlig agus òrain Gàidhlig a theagasg. Chan urrainnear taic a chumail ri fèisean a tha gu tur airson inbhich.**

   All Fèisean applying for membership must be tuition-based, for young people aged 8-18, with a significant Gaelic language element, as well as tuition of music and song from the Scottish Gaelic tradition. Please note that we cannot support activities specifically for adults.

2. **Feumaidh gach fèis Plana Gàidhlig a chur thugainn, a bhios a' mìneachadh an dòigh anns am bi iad a' fighe a' Ghàidhlig a-steach do gach nì a tha iad a' dèanamh. Tha Poileasaidh Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal – a tha ri fhaighinn air an CD a tha an lùib seo - a dh'fheumas gach fèis a leantainn.**

   All Fèisean must submit a Gaelic Plan to us, detailing how they aim to incorporate Gaelic into all their activities. Fèisean nan Gàidheal has a Gaelic Policy – which is available on the accompanying CD - with which all Fèisean are expected to comply.

3. **Feumaidh gach fèis a bhith deònach gabhail ris Poileasaidh Cùram Chloinne Fèisean nan Gàidheal. Gheibhear leth-bhreac air a' CD an lùib seo. Feumaidh Oifigear Cùram Chloinne a bhith agaibh - cuideigin air a' chomataidh a bhios deònach dèiligeadh ri gnothaichean cùram chloinne. Feumaidh gach neach a tha air a' chomataidh a' dol tro sgrùdadh àrd ìre le Disclosure Scotland.**

   All Fèisean will be required to comply with Fèisean nan Gàidheal's Child Protection Policy, a copy of which is on the accompanying CD. All Fèisean must appoint a Child Protection Officer - a member of the committee who is responsible for ensuring the Child Protection Policy is implemented and records are kept up to date. Enhanced disclosure checks are a requirement for all Fèis tutors and all volunteers.

4. **Feumaidh gach fèis a bhith ag obair taobh a-staigh amasan Fèisean nan Gàidheal a tha air am mìneachadh gu h-ìseal.**

   Each fèis must also be willing to act within the aims and objectives of Fèisean nan Gàidheal, which are detailed below.

Ar dualchas ... ar n-òigridh

'S e caidreabh neo-eisimeileach nàiseanta de dh'Fhèisean teagaisg ionadail a th' ann am Fèisean nan Gàidheal

Tha Fèisean ann a dh'aona-ghnothaich gus dualchas is cànan nan Gàidheal a theagasg do dhaoine òga ann an suidheachadh spòrsail is sàbhailte.

Amas Fèisean nan Gàidheal

Tha e mar amas dhan bhuidhinn gum bi ealain, cànan is dualchas nan Gàidheal rim faotainn agus air am meas le barrachd is barrachd dhaoine le bhith cur taic ri agus a' leudachadh Fèisean teagaisg ionadail, a tha gu sònraichte do dh'òigridh.

Our culture ... our young people

Fèisean nan Gàidheal is an independent national association of tuition-based local festivals known as Fèisean (singular Fèis).

Fèisean are designed to teach young people in a fun, safe environment about Gaelic culture and language.

Aim of Fèisean nan Gàidheal

The aim of the organisation is to make Gaelic Arts, Language and Culture more accessible and more widely appreciated through the support and development of community-based tuition Fèisean, primarily for young people.

Prìomh-Oifis: Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Head Office: Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ
Fòn/Telephone 01478 613355 | Facs/Fax 01478 613399 | Post-d/E-mail brath@feisean.org
Companaidh earranta a tha na buidheann carthannais/Company limited by guarantee recognised as a charity | Àireamh chlàraidh/Registration number SC 130071

'S e na cinn-uidhe:

- Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan
- 'S e prìomh amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean, labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh
- Obair nam Fèisean ann an roinn an fhoghlaim a leudachadh
- Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnant a libhrigeadh, le com-pàirtichean, 's air an toirt gu buil le Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth
- Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus sàradh a chur air adhart sna Fèisean
- A' cumail oirnn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a leudachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is follaiseach

The objectives are to:

- Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities
- Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement, developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves, is a key objective.
- Develop the work of the Fèisean within the formal education sector
- Deliver strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean
- Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement
- Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities

Ma tha sibh riaraichte aontachadh ri na cùnnraidhean a tha seo, agus ma sibh airson a dhol air adhart le ballrachd a thoirt a-mach, cuir thugainn an fhiosrachadh a leanas, le bonn-stèidh agus dearbhadh gu bheil cunntas-banca agaibh ann an ainm na Fèise.

If you are happy to agree to the conditions above, and you want to go ahead with an application for membership, please complete the details below and send it back to us, along with a copy of your Fèis constitution and confirmation of a bank account in the Fèis name.

Ainm Na Fèise – Fèis Name	FÈIS RSAMD
Ainm an tagraiche – Applicant's Name	PROFESSOR JOHN WALLACE
Dreuchd - Position	PRINCIPAL
Seòladh - Address	RSAMD
	100 RENFREW STREET
	GLASGOW
Còd Puist – Post Code	G2 3DB
Àireamh Fòn – Telephone Number	0141-270-8227
Àireamh Fòn-làimhe – Mobile Number	07984 241722
Seòladh puist-d – E-mail address	principal@rsamd.ac.uk
Ceann-làithean na Fèise agaibh – Your proposed Fèis Dates	SUNDAY 21/10 TO SATURDAY 27/10/07.

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na cùnnraidhean a leughadh agus gu bheil mi a' gabhail riutha. Tha mi a' tagradh airson ballrachd Fèisean nan Gàidheal às leth na feise tha shuas

I confirm that I have read the conditions and agree to abide by them. I am applying for membership of Fèisean nan Gàidheal on behalf of the abovementioned Fèis

..... **Ainm-sgrìobhte**/Signature 3/9/07 **Ceann-là**/Date

Ma bhios ur tagradh soirbheachail, cuiridh sinn cunntas thugaibh airson na cìs ballrachd.

If your application is successful, we will invoice you for the membership fee.

Cuir fiosrachadh air ais gu:
Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Please return information to:
Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org